



Àrd-Ìre
Sònrachadh Cùrsa



Gàidhlig Àrd-Ìre

Còd a' chùrsa:	C832 76
Còd measaidh a' chùrsa	X832 76
SCQF:	ìre 6 (24 puingean creideis SCQF)
Dligheach bho:	seisean 2018–19

Tha sònrachadh a' chùrsa a' toirt seachad fiosrachadh mionaideach mun chùrsa agus measadh cùrsa gus dèanamh cinnteach gum bi measadh cunbhalach agus follaiseach bliadhna an dèidh bliadhna. Tha e a' toirt cunntas air structar a' chùrsa agus measadh a' chùrsa a thaobh nan sgilean, an eòlais agus na tuigse a tha air am measadh.

Tha an sgrìobhainn seo airson tidsearan agus òraidichean agus tha a h-uile fiosrachadh àithnteil ann a dh'fheumar gus an cùrsa a libhrigeadh.

Faodaidh am fiosrachadh san fhoillseachadh seo a bhith air ath-riochdachadh mar thaic do theisteanasan SQA a-mhàin, air bunait neo-choimearsalta. Ma thèid ath-riochdachadh, feumar aithne shoilleir a thoirt do SQA. Ma thèid ath-riochdachadh airson adhbhar sam bith eile, feumar cead sgrìobhte fhaotainn bho permissions@sqa.org.uk.

An deasachadh seo: An t-Ògmhios 2018 (dreach 2.0)

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013, 2018

Clàr-innse

Geàrr-iomradh a' chùrsa	1
Feallsanachd a' chùrsa	2
Adhbhar agus amasan	3
Cò dhà a tha an cùrsa seo?	3
Susbaint a' chùrsa	4
Sgilean, eòlas agus tuigse	4
Sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh	6
Ionnsachadh airson Seasmhachd	6
Measadh a' chùrsa	7
Structar measaidh a' chùrsa: pàipear cheistean	7
Structar measaidh a' chùrsa: obair shònraichte—sgrìobhadh	9
Stiùireadh air comharrachadh airson obair shònraichte—sgrìobhadh	13
Structar measaidh a' chùrsa: còmhraidh	18
Stiùireadh air comharrachadh Còmhraidh	20
Rangachadh	26
Co-ionannachd agus in-ghabhaltas	27
Tuilleadh fiosrachaidh	28
Pàipear taic: nòtaichean taice a' chùrsa	29
Ro-ràdh	29
A' leasachadh sgilean, eòlas agus tuigse	29
Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg	32
Ag ullachadh airson measadh cùrsa	38
Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh	46

Geàrr-iomradh a' chùrsa

Tha 24 puingean creideis SCQF sa chùrsa seo, a tha a' toirt a-steach ùine ullachaidh airson measadh a' chùrsa. Is e 160 uair a thìde an ùine bharalach a bheir tagraichean airson an cùrsa a chrìochnachadh.

Tha còig co-phàirtean ann am measadh a' chùrsa.

Co-phàirt	Comharra	Ùine
Co-phàirt 1: pàipear cheistean 1: Leughadh	30	1 uair agus 50 mionaid
Co-phàirt 2: pàipear cheistean 1: Litreachas	20	
Co-phàirt 3: pàipear cheistean 2: Èisteachd	20	mu 40 mionaid
Co-phàirt 4: Obair shònraichte-sgrìobhadh	20	Faic an earrann 'Measadh a' chùrsa'
Co-phàirt 5: Còmhradh	30	10 mionaidean Faic an earrann 'Measadh a' chùrsa'

Inntrigeadh ga mholadh	Adhartas
Tha inntrigeadh don chùrsa seo an urra ris an ionad. Bu chòir do na tagraichean a bhith air a' chùrsa Gàidhlig Nàiseanta 5 no teisteanasan co-ionann agus/no eòlas fhaighinn mus tòisich iad air a' chùrsa seo.	♦ teisteanasan eile ann an Gàidhlig no raointean co-cheangailte ♦ tuilleadh ionnsachaidh, cosnadh agus/no trèanadh

Cùmhnanntan duaise

Tha an ìre a thèid a bhuileachadh stèidhichte air na comharran iomlan air an coileanadh thar gach co-phàirt de mheasadh a' chùrsa.

Le bhith a' coileanadh a' chùrsa seo, bithear a' faighinn gu fèin-obrachail teisteanas air a' Phrìomh Sgil a leanas:

- ♦ Conaltradh aig SCQF ìre 6

Feallsanachd a' chùrsa

Tha Cùrsaichean Nàiseanta a' nochdadh luachan, adhbharan agus prionnsapalan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais. Bidh iad a' tabhann sùbailteachd, a' toirt ùine seachad airson ionnsachadh, a' cur fòcas air sgilean agus a' cur ionnsachadh an gnìomh, agus a' toirt cothrom airson pearsanachadh agus roghainn.

Bidh a h-uile cùrsa a' toirt chothroman do thagraichean farsaingeachd, dùbhlàn agus cur an gnìomh a leasachadh. Tha fòcas agus cothromachadh a' mheasaidh air an dèanamh freagarrach do gach cuspair.

Anns a' chùrsa seo, bidh cuideam ga chur air leasachadh sgilean agus cur nan sgilean sin an gnìomh. Bidh dòighean measaidh co-rèireach, ion-amasach agus a' brosnachadh sàr chleachdadh, a' leigeil le tagraichean na h-ìrean as àirde a tha nan comas a ruighinn.

Bidh tagraichean a' dol an sàs le raon farsaing dedhiofar theacsaichean ann am meadhanan eadar-dhealaichte. Bidh na tagraichean cuideachd a' leasachadh teòlas air dualchas litreachais agus cànanach na h-Alba.

Tha an cùrsa ag altram aire air cànan agus tuigse air raon farsaing de litreachas agus teacsaichean. Tha cànan agus litearrachd cudromach gu pearsanta, gu sòisealta agus gu h-eaconamach. Tha comas thagraichean a bhith a' cleachdadh cànan na laighe aig teis-mheadhan an comais a bhith a' leasachadh agus a' cur an cèill an smuaintean, ionnsachadh agus fèin-aithne.

Adhbhar agus amasan

Bidh an cùrsa a' toirt cothrom do thagraichean an sgilean a leasachadh ann an leughadh, leughadh breithneachail, èisteachd, còmhradh agus sgrìobhadh a leasachadh gus Gàidhlig a thuigsinn agus a chleachdadh.

Bidh tagraichean, agus iad a' leasachadh an cuid sgilean litearrachd, nas comasaiche air fiosrachadh a ghiullachd nas fhasa, eòlas air cànan a chur an gnìomh ann an co-theacsaichean iomchaidh agus buntainneach, agus misneachd a chosnadh gus gnìomhan ùra agus nas dùbhланаiche a ghabhail os làimh ann an caochladh shuidheachaidhean.

A' togail air sgilean litearrachd, bidh an cùrsa a' leasachadh tuigse air eadar-fhillteachd cànan, a' toirt a-steach tro bhith a' sgrùdadh raon farsaing de theacsaichean. Bidh an cùrsa a' leasachadh ìrean àrda de smaoineachadh anailiseach agus tuigse air buaidh cànan.

Bidh an cùrsa a' toirt cothroman do thagraichean:

- ♦ tuigse a leasachadh air mar a tha cànan ag obair
- ♦ beachdan agus fiosrachadh a cho-phàirteachadh ann an Gàidhlig
- ♦ smaoineachadh cruthachail agus anailiseach a chleachdadh gus beachdan agus argamaidean a thoirt ri chèile
- ♦ sgilean litearrachd bhreithneachail a leasachadh agus sgilean pearsanta, eadar-phearsanta agus obair-sgioba
- ♦ obair neo-eisimeileach a leasachadh
- ♦ an tlachd às agus an tuigse air a' chànan is a' chultair a tha aca fhèin a mheudachadh, a bharrachd air cànan is cultair dhaoine eile

Cò dhà a tha an cùrsa seo?

Tha an cùrsa a' toirt cothroman do thagraichean a tha air foghlam farsaing coitcheann fhaighinn no aig a bheil teisteanasan Gàidhlig aig ìre SCQF nas ìsle no teisteanas Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh). Feuch gun toir thu sùil air stiùireadh an SQA *Stiùireadh air Riarachadh airson Phrògraman Ionnsachaidh agus Teisteanasan Gàidhlig agus Gaelic (Luchd-ionnsachaidh)*.

Susbaint a' chùrsa

Bidh an cùrsa a' toirt cothrom do thagraichean an sgilean a leasachadh ann an leughadh, leughadh breithneachail, èisteachd, còmhradh agus sgrìobhadh gus Gàidhlig a thuigsinn agus a chleachdadh.

Tha structar a' chùrsa a' comasachadh thagraichean gus fòcas a chur air na sgilean a dh'fheumar gus cànan a thuigsinn, anailiseachadh, a luachadh, a chruthachadh agus a thoirt seachad.

Sgilean, eòlas agus tuigse

Sgilean, eòlas agus tuigse airson a' chùrsa

Tha na leanas a' toirt tar-shealladh farsaing air na sgilean cuspaireil, eòlas agus tuigse a thèid a leasachadh sa chùrsa:

- ◆ leughadh, leughadh breithneachail, èisteachd, còmhradh agus sgrìobhadh, mar a tha iomchaidh don adhbhar agus don luchd-amais
- ◆ a' tuigsinn, a' mion-sgrùdadh agus a' luachadh theacsaichean mionaideach agus iom-fhillte, mar a tha iomchaidh don adhbhar agus don luchd-amais ann an co-theacsaichean litreachais, cànan, mheadhanan agus cultair
- ◆ a' cruthachadh agus a' sgrìobhadh teacsaichean mionaideach agus iom-fhillte, mar a tha iomchaidh don adhbhar agus don luchd-amais ann an raon farsaing de cho-theacsaichean
- ◆ a' cleachdadh eòlas agus tuigse air cànan
- ◆ a' cleachdadh eòlas agus tuigse mu dhualchas cultarail na Gàidhlig agus dualchas cultarail dhaoine eile

Sgilean, eòlas agus tuigse airson measadh a' chùrsa

Tha na leanas a' toirt seachad mion-fhiosrachadh air sgilean, eòlas agus tuigse a tha gan samplachadh ann am measadh a' chùrsa:

- ◆ sgilean air infeireans agus geàrr-chunntas a dhèanamh
- ◆ eòlas air modhan agus gnèithean litreachais, a' toirt a-steach taobhan de chultar is de dhualchas
- ◆ eòlas air co-theacsaichean litreachais, cànan, meadhanan agus cultarail
- ◆ eòlas air dòighean agus innealachdan litreachais is mheadhanan, a gabhail a-steach:
 - caractarachd
 - cleachdadh còmhraidh
 - structar, taghadh fhaclan agus tòn
 - taobh aithriseach
 - faireachdainn
 - cruthachadh mothachadh air àite

- gnàthasan gnè-litreachais
- co-chàradh agus co-dhealbhachd
- ◆ gnàthachas litreachaidh na Gàidhlig
- ◆ eòlas air dualchas litreachail na Gàidhlig agus/no cultar an latha-an-diugh
- ◆ sgilean a tha riatanach airson sgrìobhadh breithneachail agus cruthachail

Nochdaidh na tagraichean cuideachd eòlas gràmair agus comas air tuigsinn:

- ◆ an t-eadar-dhealachadh eadar cleachdaidhean co-chiallachaidh (*connotative*) is cleachdaidhean comharrachaidh (*denotative*) a thaobh cànan
- ◆ ainmean agus cleachdaidhean nam prìomh chlasan fhacal — ainmear, riochdair, buadhair, alt, gnìomhair, co-ghnìomhair, roimhear agus naisgear
- ◆ ainmean agus cleachdaidhean nan aonadan co-chàrail — seantans, clàs, abairt/buidheann-fhaclan
- ◆ gnàthachasan ann an Gàidhlig sgrìobhte
- ◆ am briathrachas breithneachail a tha riatanach airson beachdachadh air raon farsaing de theacsaichean

Tha na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse a tha sa chùrsa iomchaidh airson ìre SCQF a' chùrsa. Tha na tuairisgeulan ìre SCQF a' toirt tuilleadh fiosrachaidh mu fheartan agus coileanadh ris am biodh dùil aig gach ìre SCQF, agus tha iad rim faighinn air làrach-lìn SCQF.

Sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh

Tha an cùrsa seo a' cuideachadh thagraichean gus sgilean farsaing, coitcheann a leasachadh. Tha na sgilean seo stèidhichte air [Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean airson Ionnsachadh, Sgilean airson Beatha agus Sgilean airson Cosnadh](#) agus a' tarraing bho na prìomh raointean sgilean a leanas:

1 Litearrachd

- 1.1 Leughadh
- 1.2 Sgrìobhadh
- 1.3 Èisteachd agus còmhraidh

4 Comas-cosnaidh, iomairt agus saoranachd

- 4.6 Saoranachd

5 Sgilean smaoineachaidh

- 5.3 Cur an gnìomh
- 5.4 Mion-sgrùdadh agus luachadh

Feumaidh tidsearan is òraidichean na sgilean seo a thoirt a-steach don chùrsa aig ìre iomchaidh, far a bheil cothroman freagarrach ann.

Tha tuilleadh fiosrachaidh air mar a dh'fhaodar sgilean airson ionnsachaidh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh a bhith air an toirt a-steach ann an nòtaichean-taice a' chùrsa.

Ionnsachadh airson Seasmhachd

Tha SQA dealasach a thaobh cothroman aithneachadh airson luachan, sgilean, eòlas agus tuigse co-cheangailte ri Ionnsachadh airson Seasmhachd a leasachadh taobh a-staigh gach Cùrsa Nàiseanta.

Measadh a' chùrsa

Tha measadh a' chùrsa stèidhichte air an fhiosrachadh san sgrìobhainn seo.

Coileanaidh measadh a' chùrsa adhbharan agus amasan a' chùrsa le bhith a' dèiligeadh ri:

- ♦ farsaingeachd – a' tarraing air eòlas agus sgilean bho air feadh a' chùrsa
- ♦ dùbhlán – feumach air barrachd doimhneachd no leudachaidh air eòlas agus/no sgilean
- ♦ cur an gnìomh – feumach air eòlas agus/no sgilean a chur an gnìomh ann an co-theacsaichean practaigeach no teòiridheach mar a tha iomchaidh

Leigidh seo le tagraichean fianais a thoirt seachad air:

- ♦ tuigse, mion-sgrùdadh agus luachadh de theacsaichean sgrìobhte a tha mionaideach agus iom-fhillte, nach fhacas roimhe ann an co-theacsaichean litreachais, cànan, mheadhanan no cultair
- ♦ sgilean leughaidh breithneachail
- ♦ tuigse, mion-sgrùdadh agus luachadh air teacsaichean labhairte a tha mionaideach agus iom-fhillte, nach fhacas roimhe, ann an co-theacsaichean litreachais, cànan, mheadhanan no cultair
- ♦ a' cur sgilean cànan an gnìomh far a dh'fheumar

Structar measaidh a' chùrsa: pàipear cheistean

Pàipear cheistean 1: Leughadh agus Litreachas 50 comharra

Tha am pàipear cheistean seo a' toirt cothrom do thagraichean a bhith a' nochdadh:

- ♦ leughadh airson tuigse, mion-sgrùdadh agus luachadh de theacsa sgrìobhte a tha mionaideach agus iom-fhillte, nach fhacas roimhe
- ♦ sgilean leughaidh bhreithneachail a thaobh co-theacsa litreachail, cruth agus gnè-litreachais fhreagarrach airson teacsa Gàidhlig air a bheilear eòlach

Tha dà earrann sa phàipear cheistean seo.

Tha 50 comharra a-mach à 120 comharra gu h-iomlan sa phàipear cheistean airson measadh a' chùrsa.

Earrann 1: Leughadh airson tuigsinn, mion-sgrùdadh agus luachadh 30 comharra.

Builichear comharran airson a bhith a' cur an gnìomh sgilean leughaidh ann an tuigse, mion-sgrùdadh agus luachadh air aon teacsa a tha mionaideach agus iom-fhillte nach fhacas roimhe. Tha tagraichean a' freagairt cheistean gus na sgilean leughaidh seo a nochdadh, a' toirt a-steach ceistean ceangailte ri dèanamh infeireans agus geàrr-chunntas. Tha an teacsa an dara cuid ficseanach no neo-fhicseanach.

Earrann 2: Litreachas 20 comharra

Builichear chomharran airson sgilean leughaidh breithneachail agus eòlas a chur an gnìomh ann a bhith a' sgrìobhadh aon aiste bhreithneachail stèidhte air aon theacsa Gàidhlig bho na leanas: bàrdachd, rosg, dealbh-chluiche no fiolm/telebhisean. Tha tagraichean a' taghadh aon cheist aiste a-mach à roghainn de dhà airson gach gnè-litreachais.

Seatadh, libhrigeadh agus comharrachadh a' phàipeir cheistean

Tha am pàipear cheistean seo ga sheatadh agus ga chomharrachadh leis an SQA, agus ga libhrigeadh ann an ionadan fo chumhachan a chaidh a shònrachadh airson deuchainnean taobh a-muigh le SQA.

Tha 1 uair a thìde agus 50 mionaid aig tagraichean airson a' phàipeir cheistean seo a chrìochnachadh.

Pàipear cheistean 2: Èisteachd

20 comharra

Tha am pàipear cheistean seo a' toirt cothrom do thagraichean a bhith a' nochdadh:

- ◆ èisteachd airson tuigse, mion-sgrùdadh agus luachadh air teacsa Gàidhlig neo-fhicseanach labhairteach, a tha mionaideach agus iom-fhillte, nach cualas roimhe

Tha aon earrann sa phàipear cheistean seo.

Tha 20 comharra a-mach à 120 comharra gu h-iomlan sa phàipear cheistean airson measadh a' chùrsa.

Builichear chomharran airson a bhith a' cur an gnìomh sgilean èisteachd ann an tuigse, mion-sgrùdadh agus luachadh air teacsa Gàidhlig neo-fhicseanach labhairteach, a tha mionaideach agus iom-fhillte, nach cualas roimhe.

Seatadh, libhrigeadh agus comharrachadh a' phàipeir cheistean

Tha am pàipear cheistean seo ga sheatadh agus ga chomharrachadh leis an SQA, agus ga libhrigeadh ann an ionadan fo chumhachan a chaidh a shònrachadh airson deuchainnean taobh a-muigh le SQA.

Tha 40 mionaid aig tagraichean airson a' phàipeir cheistean seo a chrìochnachadh.

Bithear a' foillseachadh eisimpleirean de phàipearan cheistean airson cùrsaichean Àrd-Ìre air làrach-lìn an SQA. Tha iad sin a' nochdadh inbhe, structar agus riatanasan nam pàipearan cheistean a bhios tagraichean a' gabhail. Tha na pàipearan sampail cuideachd a' toirt a-steach stiùireadh comharrachaidh.

Structar measaidh a' chùrsa: obair shònraichte–sgrìobhadh

Obair shònraichte–sgrìobhadh

20 comharra

Tha an obair shònraichte–sgrìobhadh a' toirt cothrom do thagraichean na sgilean, eòlas agus tuigse a leanas a nochdadh ann an Gàidhlig, an dara cuid tro sgrìobhadh cruthachail no tro sgrìobhadh breithneachail:

- ♦ sgrìobhadh ann an gnè-litreachais roghnaichte
- ♦ sgrìobhadh airson adhbhar is luchd-amais roghnaichte

Tha 20 comharra san obair shònraichte a-mach à 120 comharra gu h-iomlan airson measadh a' chùrsa.

Tar-shealladh air obair shònraichte–sgrìobhadh

Chan eil ach aon phìos sgrìobhte san obair shònraichte–sgrìobhadh. Bidh an tagraiche a' taghadh an dàrna cuid teacsa cruthachail no breithneachail a sgrìobhadh. Bheir an tidsear no òraidiche taic don tagraiche airson fòcas, tèama agus gnè-litreachais an sgrìobhaidh a thaghadh.

Faodaidh sgrìobhadh cruthachail a bhith a' toirt a-steach:

- ♦ aiste phearsanta/smuainteachail
- ♦ pìos ficsein rosg (mar eisimpleir, sgeulachd ghoirid, earrann bho nobhail)
- ♦ dàn no seata de dhàin a tha co-cheangailte ri chèile le cuspair
- ♦ sgrìobt dràmach (me, sealladh, fèin-labhairt, sgeidse)

Faodaidh sgrìobhadh breithneachail a bhith a' toirt a-steach:

- ♦ aiste ìmpidheach
- ♦ aiste argamaideach
- ♦ aithris airson adhbhar sònraichte
- ♦ pìos sgrìobhaidh tar-ghnìomhach

Chan eil an liosta seo a' gabhail a-steach a h-uile nì, ach tha i a' toirt seachad stiùireadh air modhan-obrach a dh'fhaodadh tagraichean a chleachdadh.

Tha dà ìre aig an obair shònraichte–sgrìobhadh:

- ♦ planadh agus leasachadh
- ♦ sgrìobhadh

Ged a bhios an tidsear no òraidiche taiceil, is e na tagraichean a dh'fheumas am planadh, stiùireadh is coileanadh a ghabhail os làimh san obair.

Seatadh, libhrigeadh agus comharrachadh na h-obrach sònraichte–sgrìobhadh

Tha an obair shònraichte–sgrìobhadh:

- ♦ air a cur air dòigh le ionadan taobh a-staigh stiùireadh bhon SQA
- ♦ air a coileanadh fo ìre de dh'aireachas is smachd
- ♦ air a cruthachadh gu neo-eisimeileach le tagraichean

Thathar a' cur a-steach fianais chun an SQA airson comharrachadh bhon taobh a-muigh. Tha measadh càileachdair a' chomharrachadh uile ga dèanamh leis an SQA.

Cumhaichean measaidh

Ùine

Thathar a' dèanamh a' mheasadh thar ùine. Bu chòir do na tagraichean a' tòiseachadh aig àm iomchaidh sa chùrsa. Mar is trice, tha seo nuair a tha iad air a' chuid as motha de dh'obair a' chùrsa a choileanadh no nuair a ruigeas an sgilean sgrìobhaidh an ìre leasachaidh is inbheachd a tha a dhìth airson Gàidhlig Àrd-Ìre.

Aireachas, smachd agus dearbhadh

Feumaidh tidsearan is òraidichean an dleastanas proifeiseanta aca a choileanadh gus dèanamh cinnteach gur e obair an tagraiche fhèin a tha san fhianais a tha an tagraiche a' cur a-steach. Far a bheil teagamhan ann mu fhìrinneas a' phìos sgrìobhaidh, chan fhaodar gabhail ris mar fhianais.

Bu chòir don ìre sgrìobhaidh dheireannaich a bhith air a choileanadh fo bheagan aireachais is smachd. Ged a dh'fhaodas na tagraichean pàirt den obair a chrìochnachadh air falbh bho shuidheachadh an ionnsachaidh is teagaisg, tha seo a' ciallachadh gum feum tidsearan is òraidichean pròiseasan a chur air dòigh gus cumail sùil air adhartas airson dèanamh cinnteach gur ann leis an tagraiche fhèin a tha an obair, agus nach robh mèirle-sgrìobhaidh ann. Chan fheum seo a bhith a' ciallachadh shuidheachaidhean foirmeil, tìmichte agus fo mharasgladh, ach aig a h-uile ìre de dh'ullachadh agus cruthachadh a' phìos-obrach, bu chòir gu bheil sùil gheur ga cumail air ghnòthaichean gus dèanamh cinnteach gur e obair an tagraiche fhèin a th'ann.

Dh'fhaodadh dòighean gus fianais tagraiche a dhearbhadh a bhith a' gabhail a-steach:

- ♦ coinneamhan cunbhalach le tagraichean airson sgrùdadh agus/no sùil a chumail air adhartas
- ♦ agallamhan goirid, pearsanta gus sùil a chumail air ghnòthaichean
- ♦ liostaichean-sgrùdaidh a tha a' clàradh gnìomhachd agus/no adhartas
- ♦ clàr mion-cheart de thùsan a chaidh a chleachdadh

Bu chòir gu bheil fios aig tagraichean air dè dìreach a dh'fheumar airson na h-obrach sònraichte, mar a thathar a' mìneachadh san roinn *Stiùireadh nan oileanach* de ghnìomh na h-obrach sònraichte. Bu chòir dhaibh cuideachd a bhith air an leabhran SQA *Your Coursework* a leughadh agus a thuigsinn.

Feumar aithneachadh gu soilleir le comharran-labhairt far an do chleachdadh luaidhean dìreach bho thùsan. Feumar mion-fhiosrachadh sònraichte a thoirt seachad mu na tùsan, mar eisimpleir cinn-latha agus sgrìobhadairean altan phàipearannaidheachd, làraichean-lìn sònraichte, tiotalan agus cinn-latha foillseachaidh leabhraichean. Cha bhithear a' gabhail ris a bhith ag ràdh, mar eisimpleir '*mar a chanas artaigilean phàipearan-naidheachd* no '*a leugh mi air an Eadar-lìon*'. Is e mèirle-sgrìobhaidh a tha ann nuair a chleachdar stuthan aig daoine eile gun sin aithneachadh, leithid dèanamh togail agus lethbhreac bhon eadar-lìon no tùs sam bith eile, no cur ann am faclan eile no dèanamh geàrr-chunntas de dh'fhiosrachadh bho thùs eile is a' leigeil seachad gur ann leis an tagraiche fhèin a tha e, agus tha peanasan troma ceangailte ris.

Feumaidh tagraichean am pìos sgrìobhaidh aca a chur a-steach le bhith a' cleachdadh na teamplaid a rinneadh le SQA, an dara cuid làmh-sgrìobhte le giullachd-teacsa. Feumaidh tagraichean dearbhadh le an ainm-sgrìobhte gur e an obair aca fhèin a tha iad a' cur a-steach, tiotal a thoirt dha agus innse dè a' ghnè-litreachais a thagh iad. Feumaidh na chuireas tagraichean a-steach a bhith so-leughadh agus saor bho nòtachaidhean bhon tidsear no òraidiche.

Goireasan

Chan eil cuingealachadh ann a thaobh nan goireasan a dh'fhaodas na tagraichean cur gu feum, mar eisimpleir, teacsaichean piobrachaidh, leabhraichean-lorg gràmair is faclairan.

Cuideachadh reusanta

Feumaich tagraichean ullachadh gu neo-eisimeileach airson na h-obrach sònraichte-sgrìobhadh. Ach faodar cuideachadh reusanta a thoirt seachad mus tachair am pròiseas measaidh foirmeil. Tha an teirm 'cuideachadh reusanta' ga cleachdadh gus feuchainn ris an fheum airson taic a chothromachadh leis an fheum a bhith a' seachnadh cus cuideachaidh. Ma tha feum aig tagraichean air barrachd na thathar a' meas mar 'cuideachadh reusanta', dh'fhaodadh nach eil iad deiseil airson measadh no dh'fhaodadh gun deach an inntrigeadh don ìre cheàrr de theisteanas.

Faodar cuideachadh reusanta a thoirt seachad air bunait choitcheann do chlas no do bhuidheann thagraichean, mar eisimpleir, comhairle air a mar a lorgar fiosrachadh airson aiste bhreithneachail. Faodar a thoirt seachad cuideachd do thagraichean air bunait fa leth. Dh'fhaodadh tagraichean a bhith ag iarraidh a sgrìobhadh mu chuspair sa bheil ùidh shònraichte aca agus dh'fhaodadh iad culaidh-bhrosnachaidh a chruthachadh ann an co-obrachadh leis an tidsear no òraidiche aca.

Tha e ceadaichte ma bheir an tidsear no òraidiche seachad:

- ♦ còmhradh tòiseachaidh leis na tagraichean air roghnachadh na gnè-litreachais agus a' chuspair, a' leanntainn air adhart gu dreachd phlana a' chruthachadh
- ♦ molaidhean labhairte no sgrìobhte air leasachaidhean a dh'fhaodar dèanamh don chiad dreachd

Chan eil e ceadichte don tidsear no òraidiche na leanas a thoirt seachad:

- ♦ eisimpleirean de fhreagairtean a tha sònraichte ri gnìomhan tagraiche
- ♦ comhairle shònraichte air mar a dh'fhaodar briathran a chur ann an dòigh eile
- ♦ prìomh bheachd-smuainean, no structar no plana sònraichte
- ♦ ceartachadh mhearachdan ann an litreachadh agus puingeachadh
- ♦ fios air ais air barrachd air aon dreachd sgrìobhaidh

Fianais ri thional

Tha feum ann air an fhianais tagraiche a leanas airson na h-obrach sònraichte—sgrìobhadh:

- ♦ aon phìos sgrìobhaidh a tha an dara cuid cruthachail no breithneachail

Meud

Feumaidh am pìos sgrìobhaidh a bhith mu 1,200–1,500 facal de dh'fhaid, ach faodaidh pìos nas giorra na làn chomharran fhaighinn, ma tha e iomchaidh don chùis.

Ma tha an àireamh fhaclan nas àirde na 10% den chrìch as àirde, thèid peanas a chur an sàs.

Stiùireadh air comharrachadh airson obair shònraichte–sgrìobhadh

Ann an co-rèir ri cleachdadh àbhaisteach an SQA, tha an stiùireadh air comharrachadh a leanas, a tha a' buntainn ris an obair shònraichte–sgrìobhadh airson Gàidhlig Àrd-Ìre, ga sheòladh ris an neach-cheartachaidh. Bidh seo cuideachail mar an ceudna dhaibhsan a tha ag ullachadh tagraichean airson measadh a' chùrsa.

Thathar a' cur a-steach fianais bho tagraichean chun an SQA airson comharrachadh bhon taobh a-muigh.

Prionnsapalan coitcheann air comharrachadh

Thathar a' cur nan prionnsapalan coitcheann seo an gnìomh an-còmhnaidh. Feumar na prionnsapalan seo gan cleachdadh còmhla ris an stiùireadh mhionaideach air comharrachadh, a tha ag ainmeachadh nam prìomh fheartan a tha riatanach ann am freagairtean tagraichean.

- a Thathar a' cleachdadh comharrachadh posataibh an-còmhnaidh. Tha seo a' ciallachadh gum bi tagraichean a' cruinneachadh chomharran far a bheil iad a' taisbeanadh sgilean, eòlas is tuigse a tha buntainneach; chan eilear a' toirt chomharran air falbh airson mhearachdan no dearmadan.
- b Far nach eil freagairt tagraiche a' tighinn, a rèir coltais, fo na prionnsapalan no fon stiùireadh mhionaideach air comharrachadh, agus ma tha mì-chinnt mar bu chòir a mheasadh, feumar comhairle iarraidh air stiùiriche an sgioba agad.
- c Thathar a' measadh sgrìobhadh an tagraiche a thaobh susbaint agus stoidhle.
- d Bu chòir gu bheilear a' cleachdadh measadh iomlanach. Bidh neartan agus laigsean anns a h-uile phàis sgrìobhaidh; bu chòir don mheasadh fòcas, a chumail cho fad sa ghabhas, air na neartan, gun a bhith a' toirt fa-near do laigsean ach nuair a tha iad a' toirt droch bhuaidh air a' choileanadh iomlan. Bu chòir gun toirear comharran airson càileachd an sgrìobhaidh, agus cha bu chòir an toirt air falbh airson mhearachdan no dearmadan.
- e Chan fheum an sgrìobhadh a bhith foirfe airson làn chomharran fhaighinn.

Stiùireadh mionaideach air comharrachadh

Tha na clàran gu h-ìosal a' toirt tuairisgeul air feartan obair shònraichte—sgrìobhadh a thaobh dà fheart:

- ♦ susbaint
- ♦ stoidhle

Airson a' phìos sgrìobhaidh, an toiseach tagh an clàr freagarrach a rèir an t-seòrsa sgrìobhaidh a chuireadh a-steach (breithneachail no cruthachail), agus an uair sin bu chòir don neach-ceartachaidh an tuairisgeulaiche raoin a thaghadh bho na tuairisgeulaichean gu h-ìosal a tha a' freagairt as fhèarr air obair an tagraiche.

Aon uair 's gu bheilear air an tuairisgeulaiche as fhreagarraiche a thaghadh:

- ♦ Far a bheil an fhianais cha mhòr a rèir an inbhe nas àirde, bu chòir an comharra as àirde bhon raon a thoirt seachad.
- ♦ Far a bheil obair an tagraiche dìreach a' coileanadh air an dearbh inbhe, is e an comharra as ìsle às an raon a bu chòir a thoirt seachad.

Ann an suidheachaidhean eile, bu chòir don luchd-ceartachaidh am breithneachadh proifeiseanta a chur gu feum ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh mun chomharra. Mar eisimpleir 13–10: bu chòir don luchd-sgrùdaidh beachdachadh a-rithist air comasan an tagraiche anns an dà raon, susbaint agus stoidhle. Ma tha an tagraiche dìreach a' call air 13, thoir seachad 12. Ma tha an tagraiche ach beagan air thoiseach air 10, thoir seachad 11.

Feumaidh gun toirear comharra de neoini (0) far nach toir an tagraiche seachad fianais sam bith a tha a' freagairt air tuairisgeulaiche a' choileanaidh.

Airson riathanasan as ìsle a choileanadh airson an raoin 13–10, feumaidh am pìos taisbeanadh cruinneas theicnigeach riarachail. Faodaidh mearachdan a bhith san sgrìobhadh, ach cha bhi iad brìoghmhor. Bu chòir gu bheil paragrafachd, cruthachadh sheantansan, litreachadh agus puingeachadh pongail gu leòr's gum bi a' chiall soilleir air a' chiad leughadh.

Cruthachail

Susbaint

20–17	16–14	13–10	9–5	4–1
◆ aire ga toirt gu làidir don adhbhar is don luchd-amais Mar a tha iomchaidh don ghnè-litreachais: ◆ feartan cruthachail a tha làidir ◆ smachd sgileil air a' ghnè-litreachais ◆ cùisean cuspaireil a tha air an toirt a-steach gu sgileil agus air an leasachadh ◆ beachdan/ faireachdainnean/ eòlasan air a bheilear a' beachachadh le ìre làidir de mheòrachadh inbheach/fèin-mhothachadh/com-pàirteachadh/lèirsinn/mothalachd ◆ faireachdainn làidir de phearsantachd is fa-letheachas an sgrìobhadair	◆ aire ga toirt gu soilleir don adhbhar is luchd-amais Mar a tha iomchaidh don ghnè-litreachais: ◆ feartan cruthachail a tha soilleir ◆ grèim shoilleir air a' ghnè-litreachais ◆ cùisean cuspaireil a tha air an toirt a-steach gu sgileil agus air an leasachadh ◆ beachdan/ faireachdainnean/ eòlasan air a bheilear a' beachachadh le ìre shoilleir de mheòrachadh/ fèin-mhothachadh/com-pàirteachadh/lèirsinn/mothalachd ◆ faireachdainn shoilleir de phearsantachd an sgrìobhadair	◆ aire ga toirt gu freagarrach don adhbhar is luchd-amais Mar a tha iomchaidh don ghnè-litreachais: ◆ feartan cruthachail a tha freagarrach ◆ tuigse air a' ghnè-litreachais ◆ cùisean cuspaireil a tha air an toirt a-steach gu freagarrach ◆ beachdan/ faireachdainnean/ eòlasan air a bheilear a' beachachadh le ìre fhreagarrach de mheòrachadh agus com-pàirteachadh ◆ faireachdainn fhreagarrach de phearsantachd an sgrìobhadair	◆ aire ga toirt gu cuibhrichte don adhbhar is luchd-amais Mar a tha iomchaidh don ghnè-litreachais: ◆ feartan cruthachail a tha cuibhrichte ◆ cleachdadh cuibhrichte de ghnàthasan na gnè-litreachais ◆ cùisean cuspaireil a tha cuibhrichte ◆ beachdan/ faireachdainnean/ eòlasan air a bheilear a' beachdachadh gu ìre chuibhrichte ◆ faireachdainn chuibhrichte de phearsantachd an sgrìobhadair	◆ glè bheag de dh'aire ga toirt don adhbhar is luchd-amais Mar a tha iomchaidh don ghnè-litreachais: ◆ glè bheag de fheartan cruthachail ◆ glè bheag de chleachdadh gnàthasan na gnè-litreachais ◆ glè bheag de chuspairean cuspaireil ◆ glè bheag de dh'fhianais gu bheilear a' sgrùdadh air beachdan no faireachdainnean ◆ glè bheag de dh'faireachdainn de phearsantachd an sgrìobhadair

Stoidhle

20–17	16–14	13–10	9–5	4–1
◆ feartan cànanach na gnè-litreachais gan cleachdadh gu sgileil ◆ air a chur an cèill ann an dòigh mhisneachail agus eug-samhail ◆ structar èifeachdach a tha a' cur ris an adhbhar/brìgh	◆ feartan cànanach na gnè-litreachais gan cleachdadh gus buaidh a thoirt seachad ◆ air a chur an cèill gu soilleir ◆ structar èifeachdach a tha a' cur ris an adhbhar/brìgh	◆ feartan cànanach na gnè-litreachais gan cleachdadh gu freagarrach ◆ air a chur an cèill gu freagarrach ◆ structar freagarrach	◆ cleachdadh cuibhrichte de fheartan cànanach na gnè-litreachais ◆ ìre cuibhrichte de chur an cèill ◆ structar ga chleachdadh gu cuibhrichte	◆ glè bheag de dh'oidhirp ga dèanamh gus cànan a chleachdadh gu h-èifeachdach ◆ glè bheag de chleachdadh structair

Breithneachail

Susbaint

20–17	16–14	13–10	9–5	4–1
◆ aire làidir ga toirt don adhbhar is luchd-amais ◆ tuigse is com-pàirteachadh a tha làidir ◆ fianais ann gu bheilear air rannsachadh agus roghnachadh a dhèanamh gu sgileil ◆ loidhne smuaine/seasamh ìmpidheach a tha làidir is maireann	◆ aire ga toirt gu soilleir don adhbhar is luchd-amais ◆ tuigse is com-pàirteachadh a tha soilleir ◆ fianais ann gu bheilear air rannsachadh is roghnachadh a dhèanamh gu cùramach ◆ loidhne smuaine a tha soilleir/seasamh a tha an sàs sa ghnothach	◆ ìre fhreagarrach de dh'aire ga toirt don adhbhar is luchd-amais ◆ tuigse fhreagarrach ◆ fianais ann gu bheilear air rannsachadh is roghnachadh a dhèanamh gu freagarrach ◆ loidhne smuaine/seasamh a tha freagarrach	◆ aire ga toirt gu ìre cuibhrichte don adhbhar is luchd-amais ◆ tuigse cuibhrichte ◆ fianais cuibhrichte ann air rannsachadh ◆ loidhne smuaine a tha neo-shoilleir	◆ glè bheag de dh'aire ga toirt don adhbhar is luchd-amais ◆ glè bheag de thuigse ◆ glè bheag de dh'fhianais air rannsachadh ◆ loidhne smuaine a tha troimh chèile

Stoidhle

20–17	16–14	13–10	9–5	4–1
◆ feartan cànanach na gnè-litreachais taghte gan cleachdadh gu sgileil gus fiosrachadh/argamaid/ deasbad/ iompachadh a thoirt seachad agus gus doimhneachd agus iom-fhillteachd smuaine/ neo-chlaonachd/ lèirsinn/ neart dearbhaidh a thoirt seachad ◆ air a chur an cèill ann an dòigh mhisneachail agus eug-samhail ◆ structar èifeachdach a tha gu sgileil a' cur ris an adhbhar/brìgh	◆ feartan cànanach na gnè-litreachais taghte gan cleachdadh gu soilleir gus fiosrachadh/argamaid/ deasbad/iompachadh a thoirt seachad agus gus smuain/neo-chlaonachd/lèirsinn/ neart dearbhaidh a thoirt seachad ◆ air a chur an cèill gu soilleir ◆ structar soilleir a tha a' cur ris an adhbhar/brìgh	◆ feartan cànanach na gnè-litreachais taghte gan cleachdadh gu freagarrach gus fiosrachadh/argamaid/ deasbad/iompachadh a thoirt seachad agus gus smuain/neo-chlaonachd lèirsinn/neart dearbhaidh a thoirt seachad ◆ air a chur an cèill gu freagarrach ◆ structar freagarrach	◆ feartan cànanach na gnè-litreachais taghte gan cleachdadh ann an dòigh chuibhrichte gus fiosrachadh/ argamaid/deasbad/ iompachadh a thoirt seachad agus gus smuain/neo-chlaonachd/ lèirsinn/neart dearbhaidh a thoirt seachad ◆ ìre chuibhrichte de chur an cèill ◆ structar ga chleachdadh gu cuibhrichte	◆ glè bheag de dh'oidhirp ga dèanamh gus cànan a chleachdadh gu h-èifeachdach ◆ glè bheag de chleachdadh structair

Structar measaidh a' chùrsa: còmhradh

Còmhradh

30 comharra

Tha an còmhradh a' toirt cothrom do thagraichean a bhith a nochdadh dùbhlán agus cur an gnìomh ann an sgìl a' chòmhraidh le bhith a' cur an gnìomh sgilean cànan, eòlas agus tuigse ann an còmhradh ann an Gàidhlig air cuspair a tha an tagraiche air taghadh.

Tha 30 comharra aig an còmhradh a-mach à 120 comharra gu h-iomlan airson measadh a' chùrsa.

Tar-shealladh air Còmhradh

'S e th'ann an seo còmhradh leis an tidsear no òraidiche. Ainmichidh na tagraichean na co-theacsan/cuspairean airson a' chòmhraidh ro-làimh agus bidh iad air seo innse don tidsear no òraidiche mus gabh iad pàirt sa chòmhradh. Feumar nòta a chumail air na co-theacsaichean/cuspairean a chaidh a thaghadh airson a' chòmhraidh air clàr measaidh an tagraiche (no an leithid). Thathar a' sùileachadh gun robh na co-theacsan/cuspairean a chaidh a thaghadh mar phàirt den chùrsa no de rannsachadh an tagraiche fhèin is gum bi a' chuid mhòr den ullachadh a' gabhail àite an lùib ionnsachaidh is teagaisg àbhaistich.

Faodaidh na tagraichean beantainn do cho-theacsan eile ma thogras iad agus faodaidh iad ceistean a chur cuideachd far a bheil sin iomchaidh. Bu chòir don fhiosrachadh a thèid a chonaltradh a bhith a' toirt a-steach smuaintean is beachdan agus chan e stuth firinneach a-mhàin.

Seatadh, libhrigeadh agus comharrachadh Còmhradh

Tha an còmhradh:

- ♦ air a sheatadh le ionadan taobh a-staigh stiùireadh an SQA
- ♦ air a libhrigeadh fo ìre àrd de dh'aireachas is smachd agus air a chomharrachadh ann an ionadan fo chumhaichean a chaidh a shònrachadh leis an SQA

Feumar clàradh fuaim no bhidio a chumail den chòmhradh.

Thathar a' comharrachadh fianais air an taobh a-staigh, le tidsearan is òraidichean anns gach ionad, a rèir stiùireadh comharrachaidh an SQA agus thathar ga dearbhadh air an taobh a-muigh leis an SQA ann an co-rèir ri modhan dearbhadh càileachd.

Cumhaichean measaidh

Ùine

Bu chòir gum mair an còmhradh mu 10 mionaid, airson leigeil le tagraichean nochdadh an comasan ann an gabhail pàirt ann an còmhradh leis an tidsear no òraidiche aca, a' cleachdadh Gàidhlig mhionaideach agus iom-fhillte sa cho-theacsa thaghte.

Bu chòir do na tagraichean am measadh a dhèanamh aig àm iomchaidh sa chùrsa. Mar is trice, bidh seo an uair a tha iad air crìoch a chur air a' chuid as motha den obair a' chùrsa a

choileanadh no nuair a tha an sgilean air ìre leasachaidh is inbheachd a ruighinn a tha a dhìth airson Àrd-Ìre.

Aireachas, smachd agus dearbhadh

Thathar a' libhrigeadh an còmhraidh fo ìre àrd de dh'aireachas is smachd.

Tha e cudromach a bhith a' libhrigeadh an còmhraidh ann an àrainneachd iomchaidh, a' cur às do bhuairidhean agus cùl-fhuaim.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean tagraichean a chur air an socair air feadh a' chòmhradh le bhith taiceil is com-pàirteach, a' leigeil leotha coileanadh aig ìre àrd, agus iad a' taisbeanadh an comais a bhith a' dèanamh conaltradh ann an dòigh nàdarra air a' chuspair thaghte.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean a bhith a' freagairt ri na tha tagraichean ag ràdh gus misneachd a thoirt dhaibh gus cuspairean ùidhe a leasachadh, a' toirt a' chothruim do thagraichean an comas a nochdadh conaltradh a dhèanamh ann an dòigh bhrioghmhor ann an Gàidhlig.

Tha e cudromach a bhith a' seachnadh ro-ullachadh airson a' chòmhradh. Mas e is nach eil ach liosta de cheistean is freagairtean a chaidh ullachadh ro-làimh a tha sa chòmhradh, mh, no sreath de fèin-labhairtean deasaichte le glè bheag de dh'eadar-theachd no iomradh bhon tidsear no òraidiche, tha seo a' cuingealachadh comas an tagraiche eadar-obrachadh gu brioghmhor.

'S iad na còmhraidhean as fheàrr an fheadhainn far a bheil còmhraidh nàdarra ann leis an tagraiche agus far a bheil an tidsear no òraidiche a' freagairt an tagraiche agus a' brosnachadh co-chòmhradh bhrioghmhor is deimhinneach.

Goireasan

Faodaidh tagraichean nòtaichean le suas gu còig cinn-sgrìobhaidhean a chleachdadh (ochd faclan no nas lugha anns gach fear) agus/no uidheaman-taice lèirsinneach gus an cuideachadh, a-mhàin mar chobhair don mheomhair. Chan fheumar na nòtaichean seo a chur gu SQA airson adhbharan dearbhaidh.

Cuideachadh reusanta

Feumaidh tagraichean ullachadh gu neo-eisimeileach airson a' mheasaidh. Ach faodar cuideachadh reusanta a thoirt seachad mus tachair am pròiseas measaidh foirmeil. Tha an teirm 'cuideachadh reusanta' ga cleachdadh gus feuchainn ris an fheum airson taic a chothromachadh leis an fheum a bhith a' seachnadh cus cuideachaidh. Ma tha feum aig tagraichean air barrachd na thathar a' meas mar 'cuideachadh reusanta', dh'fhaodadh nach eil iad deiseil airson measadh no dh'fhaodadh gun deach an inntrigeadh don ìre cheàrr de theisteanas.

Faodar cuideachadh reusanta a thoirt seachad air bunait choitcheann do chlas no do bhuidheann thagraichean. Faodar a thoirt seachad cuideachd do thagraichean fa leth. Nuair a tha cuideachadh reusanta ga thoirt air bunait aon-ri-aon ann an co-theacsa nì a tha an tagraiche air a dhèanamh no air a thaisbeanadh mar-thà, tha cunnart ann gun tig e gu bhith

na thaic do mheasadh. Feumaidh tidsearan is òraidichean a bhith mothachail nach faodadh seo a bhith a' dol seachad air cuideachadh reusanta.

Faodaidh tagraichean soilleireachadh iarraidh a thaobh briathran brath-ullachaidh no sònrachaidh no stiùireadh airson a' mheasaidh ma tha iad iad neo-shoilleir dhaibh. San chàst-suidheachadh seo, bu chòir an soilleireachadh a thoirt don chlas gu lèir.

Ron mheasadh, faodaidh tidsear is òraidichean còmhraidh mu dheidhinn dè cho freagarrach 's a tha cuspair taghte an tagraiche.

Tha e ceadaichte don tidsear is òraidiche beachdan is comhairle a thoirt seachad air cuspair taghte an tagraiche gus leigeil leis an tagraiche a dhol air adhart gu ath ìrean a' mheasaidh. Feumar clàr a chumail air a' chuideachadh a thugadh seachad airson 's gum faodar obair-phlanaidh an tagraiche a chomharrachadh/bhreithneachadh gu cothromach.

Fianais ri thional

Feumar an fianais tagraiche a leanas airson a' mheasaidh:

- ♦ clàradh fuaim no bhidio a chumail den choileanadh airson adhbharan dearbhaidh
- ♦ clàr measaidh an tagraiche (no an leithid) a' toirt mion-fhiosrachadh air a' cho-theacsa a thagh an tagraiche agus na comharran airson an còmhraidh. Tha an tagraiche agus an tidsear no òraidiche a' soidhneadh seo agus bidh an t-ionad ga chumail.

Meud

Cha bhuin seo don chòmhraidh airson Gàidhlig Àrd-Ìre.

Stiùireadh air comharrachadh Còmhraidh

Prionnsapalan coitcheann air comharrachadh

Cuir na prionnsapalan coitcheann seo an gnìomh an-còmhnaidh. Cleachd iad còmhla ris an stiùireadh mhionaideach air comharrachadh, a tha ag ainmeachadh nam prìomh fheartan a tha riatanach ann am freagairtean tagraichean.

- a Cleachd comharrachadh dearbhach an-còmhnaidh. Tha seo a' ciallachadh gum bi tagraichean a' cruinneachadh chomharran far a bheil iad a' taisbeanadh sgilean, eòlas is tuigse a tha buntainneach; chan eilear a' toirt chomharran air falbh airson mhearachdan no dearmadan.
- b Bu chòir gum bi measadh iomlanach. Bidh neartan is laigsean sa chòmhraidh; bu chòir don mheasadh fòcas a chumail uiread 's a ghabhas air na neartan, a' toirt fa-near do laigsean far a bheil iad a' dèanamh droch chron air a' choileanadh air fad a-mhàin. Bu chòir gun toirear comharran air càileachd an còmhraidh, agus cha bu chòir an toirt air falbh airson mhearachdan no dearmadan.
- c Faodar comharra na h-ìre as àirde a bhuileachadh fiù 's ged a tha mearachdan beaga ann. Cha bu chòir dhaibh seo a bhith a' toirt air falbh ann an dòigh bhrìghmhor bhon bhuaidh iomlan a' chòmhraidh.

Stiùireadh mionaideach air comharrachadh

Tha tagraichean a' cosnadh chomharran le bhith a' nochdadh comas sna prìomh chòig feartan airson ancòmhradh. Is iad seo:

- ♦ stoidhle agus structar
- ♦ susbaint
- ♦ goireas cànan
- ♦ pongalachd
- ♦ eadar-obrachadh leis an tidsear no òraidiche

Aon uair is gu bheil an raon as freagarrach de chomharran a thaghadh le bhith ag aithneachadh àite an tagraiche, bu chòir don tidsear no òraidiche an stiùireadh seo a leantainn:

- ♦ far a bheil an fhianais cha mhòr a' rèir ris an ìre nas àirde, bu chòir an comharra as àirde bhon raon a thoirt seachad
- ♦ far a bheil obair an tagraiche dìreach a' coileanadh air an dearbh, is e an comharra as ìsle às an raon a bu chòir a thoirt seachad
- ♦ air neo, thoir seachad an comharra bho mheadhan an raoin

Cleachd breithneachadh proifeiseanta gus co-dhùnadh a dhèanamh air riarachadh chomharran. Mar eisimpleir, mas e an tuairisgeul as fheàrr airson coileanadh an tagraiche 14–11: bu chòir don luchd-sgrùdadh ath-bheachdachadh air comasan an tagraiche sna còig prìomh fheartan. Ma tha an tagraiche dìreach a' call air 14, thoir seachad 13. Ma tha an tagraiche ach beagan air thoiseach air 10, thoir seachad 11.

Feumaidh gun toirear comharra de neoini (0) far nach toir an tagraiche seachad fianais sam bith a tha a' freagairt air tuairisgeulaiche a' choileanaidh.

Clàraich an comharra air clàr measaidh an tagraiche. Faodaidh tu clàradh carson a thug thu seachad an comharra.

Tuairisgeul air coileanadh agus comharra

Stoidhle agus structar

Tha an tagraiche:

30–26	25–21	20–18	17–15	14–11	10–6	5–1
a' còmhraidh gu h-èifeachdach, gu co-thàthach, gu fileanta agus ann an dòigh structaraichte gun ach glè bheag de stadaich agus/no stadaich nàdarra	a' còmhraidh gu h-èifeachdach, gu co-thàthach agus ann an dòigh structaraichte gun ach beagan stadaich	a' còmhraidh gu h-èifeachdach, gu co-thàthach agus ann an dòigh structaraichte gun ach glè bheag de stadaich a tha mi-iomchaidh	a' còmhraidh gu co-thàthach agus ann an dòigh structaraichte le ìre de stadaich nach eil a' toirt air falbh bhon chonaltradh	a dhìth air co-thàthadh is eagrachadh gu leòr agus dh'fhaodadh stadaich bacadh a chur air an eadar-obrachadh	a dhìth air co-thàthadh is eagrachadh agus tha stadaich a' cur bacadh air an eadar-obrachadh	gun cho-thàthadh no eagrachadh agus tha stadaich a' cur bacadh air an eadar-obrachadh

Susbaint

Tha an tagraiche:

30–26	25–21	20–18	17–15	14–11	10–6	5–1
a' cur ris raon farsaing de smuaintean is beachdan buntainneach le ceangalaichean iomchaidh anns a bheil leasachadh leudaichte air a' chuspair thaghte	a' cur ris raon math de smuaintean is beachdan buntainneach le ceangalaichean iomchaidh anns a bheil leasachadh air a' chuspair thaghte	a' cur ris h raon de smuaintean is beachdan buntainneach le ceangalaichean iomchaidh anns a bheil leasachadh air a' chuspair thaghte	a' cur ris raon gu leòr de smuaintean is beachdan buntainneach le ceangalaichean iomchaidh anns a bheil beagan leasachaidh air a' chuspair thaghte	a' cur ris beagan smuaintean is beachdan buntainneach le beagan cheangalaichean agus beagan leasachaidh air a' chuspair thaghte	a' strì gus toirt seachad raon gu leòr de smuaintean is beachdan buntainneach a bhios a' leasachadh a' chuspair thaghte	a' strì gus toirt seachad smuaintean is beachdan buntainneach agus a bhith a' leasachadh a' chuspair thaghte

Goireas cànan

Tha an tagraiche:

30–26	25–21	20–18	17–15	14–11	10–6	5–1
a' nochdadh eòlas air raon farsaing de bhriathrachas airson a' chuspair thaghte agus ga chleachdadh gu furasta	a' nochdadh eòlas air raon farsaing de bhriathrachas airson a' chuspair thaghte	a' nochdadh eòlas air raon gu leòr de bhriathrachas airson a' chuspair thaghte gus an còmhraidh a chumail a' dol	a' nochdadh eòlas air raon gu leòr de bhriathrachas airson a' chuspair thaghte gus an còmhraidh a chumail a' dol le beagan brosnachaidh	a' nochdadh eòlas cuibhrichte air briathrachas airson a' chuspair thaghte, agus tha seo a' cur bacadh air a' chòmhraidh aig amannan	a' nochdadh eòlas cuibhrichte air briathrachas airson a' chuspair thaghte, agus tha seo a' cur bacadh air a' chòmhraidh gu bitheanta	duilgheadas air a' chuspair thaghte air sgàth briathrachas cuibhrichte
a' cleachdadh raon farsaing de structaran, gu tric a' gabhail a-steach structaran iom-fhillte agus gnàthasan-cainnte	a' cleachdadh raon farsaing de structaran, a dh'fhaodas a bhith a' gabhail a-steach structaran iom-fhillte agus gnàthasan-cainnte	a' cleachdadh raon gu reusanta farsaing de structaran, a dh'fhaodas a bhith a' gabhail a-steach beagan oidhirpean air structaran iom-fhillte agus cainnt ghnàthasach	a' cleachdadh raon de structaran, a dh'fhaodas a bhith a' gabhail a-steach beagan oidhirpean air structaran iom-fhillte agus cainnt ghnàthasach	a' cleachdadh raon cuibhrichte de structaran le beagan cainnt ghnàthasach no gun chainnt ghnàthasach idir	a' cleachdadh raon nach eil farsaing gu leòr de structaran	a' cleachdadh structaran a tha a' cur bacadh air conaltradh

Pongalachd

Tha an tagraiche:

30–26	25–21	20–18	17–15	14–11	10–6	5–1
a' cleachdadh cànan mionaideach agus iom-fhillte le ìre àrd de phongalachd	a' cleachdadh cànan mionaideach agus iom-fhillte a tha gu ìre mhòr pongail	a' cleachdadh cànan mionaideach agus iom-fhillte ged a tha beagan mhearachdan sa ghràmar	a' cleachdadh cànan mionaideach agus iom-fhillte a dh'aindeoin laigsean ann am pongalachd gràmair	a' còmhraidh le ìre de phongalachd nach eil gu leòr gus brìgh a chur seachad gu cunbhalach	a' còmhraidh le ìre de phongalachd a dh'fhaodas uaireannan bacadh a chur air conaltradh soilleir	a' còmhraidh le ìre de phongalachd a tha a' cur bacadh air conaltradh

Eadar-obrachadh le tidsear no òraidiche

Tha an tagraiche:

30–26	25–21	20–18	17–15	14–11	10–6	5–1
a' gabhail seachas leis an tidsear no òraidiche agus a' freagairt gu nàdarra, agus le ìre de dheòntas a tha a' leasachadh a' chòmhradh gu h-èifeachach	a' gabhail seachas leis an tidsear no òraidiche agus a' freagairt le ìre de dheòntas a tha a' leasachadh a' chòmhradh gu h-iomlan	a' gabhail seachas leis an tidsear no òraidiche agus a' freagairt le ìre de dheòntas a tha a' toirt taic don chòmhradh, ged a dh'fhaodas iad a bhith feumach air beagan bhrosnachaidh	a' gabhail seachas leis an tidsear no òraidiche agus a' cumail a' chòmhradh a' dol, ged a dh'fhaodas iad a bhith feumach air brosnachadh	feumach air brosnachadh, gun a bhith a' toirt an aire co-sheasmhach ris na tha an neach-sgrùdadh ag radh, aig amannan a' freagairt ann an dòigh nach eil buntainneach	feumach air brosnachadh tric, gun a bhith a' toirt mòran aire ris na tha an neach-sgrùdadh ag radh, gu tric a' freagairt ann an dòigh nach eil buntainneach	An còmhnaidh feumach air brosnachadh, a' toirt glè bheag de dh'aire, no a tha gun aire idir, ris na tha an neach-sgrùdadh ag radh, agus a' freagairt ann an dòigh nach eil buntainneach
ag atharrachadh guth-cheòl gu h-ealamh gus brìgh a thoirt seachad no a' socrachadh luaths mar a tha freagarrach san t-suidheachadh	ag atharrachadh guth-cheòl gus brìgh a thoirt seachad no a' socrachadh luaths mar a tha freagarrach san t-suidheachadh	a' dèanamh oidhirp a bhith ag atharrachadh guth-cheòl gus brìgh a thoirt seachad no a' socrachadh luaths mar a tha freagarrach san t-suidheachadh	a' nochdadh beagan oidhirp a bhith ag atharrachadh guth-cheòl gus brìgh a thoirt seachad no a' socrachadh luaths mar a tha freagarrach san t-suidheachadh	a' dèanamh beagan oidhirp, no tha gun oidhirp a dhèanamh idir, a bhith ag atharrachadh guth-cheòl gus brìgh a thoirt seachad no a' socrachadh luaths mar a tha freagarrach san t-suidheachadh	gun oidhirp a dhèanamh idir a bhith ag atharrachadh guth-cheòl gus brìgh a thoirt seachad no a' socrachadh luaths mar a tha freagarrach san t-suidheachadh	gun oidhirp a dhèanamh idir a bhith ag atharrachadh guth-cheòl gus brìgh a thoirt seachad no a' socrachadh luaths mar a tha freagarrach san t-suidheachadh
a' tuigsinn gu h-iomlan agus gu mionaideach na thathar ag radh, a' gabhail a-steach cleachdadh	a' tuigsinn gu h-iomlan na thathar ag radh, a' gabhail a-steach beagan cleachdadh	a' tuigsinn gu h-iomlan na thathar ag radh gu soilleir, a dh'fhaodadh gabhail a-steach	a' tuigsinn gu h-iomlan na thathar ag radh gu soilleir	duilgheadas a' tuigsinn beagan de na thathar ag radh gu soilleir	duilgheadas a' tuigsinn beagan de na thathar ag radh gu soilleir	duilgheadas a' tuigsinn a' mhòr-chuid de na thathar ag radh gu soilleir, fiù 's le taic

30–26	25–21	20–18	17–15	14–11	10–6	5–1
gnàthasach a' chànain	gnàthasach a' chànain	beagan cleachdadh gnàthasach a' chànain				bhon tidsear no òraidiche

Tuilleadh stiùiridh

Ann an raointean 30–26, 25–21, 20–18, 17–15 dh'fhaodadh an tagraiche soilleireachadh iarraidh bhon neach-sgrùdadh, ma tha feum ann.

Ann an raointean 14–11, 10–6 and 5–1 dh'fhaodadh an tagraiche gun soilleireachadh iarraidh bhon neach-sgrùdaidh nuair a bha feum ann NO ag iarraidh soilleireachaidh bhon neach-sgrùdaidh ach gun chomas a dhol air adhart leis a' choileanadh.

Rangachadh

Tha ìrean iomlan nan tagraichean air an dearbhadh a rèir an coileanaidh thar measadh a' chùrsa. Tha measadh a' chùrsa air a rangachadh A–D a rèir a' chomharra iomlain airson nan co-phàirtean uile ann am measadh a' chùrsa.

Tuairisgeul ìre airson C

Airson ìre C a bhuileachadh, mar as trice bidh tagraichean a' nochdadh coileanadh soirbheachail a thaobh nan sgilean, eòlas agus tuigse airson a' chùrsa.

Tuairisgeul ìre airson A

Airson ìre A a bhuileachadh, mar as trice bidh tagraichean a' nochdadh ìre chunbhalach àrd de sgilean, eòlas agus tuigse airson a' chùrsa.

Co-ionannachd agus in-ghabhaltas

Tha an cùrsa seo air a dhealbh airson a bhith cho cothromach agus cho ruigsinneach 's a ghabhas.

Tha ar [Poileasaidh Co-ionannachd Ruigsinn do Theisteanasan SQA](#) a' soilleireachadh ar dealas do:

- ♦ Achd Co-ionannachd 2010
- ♦ foghlam an aghaidh cinneachas
- ♦ dìon còraichean chloinne
- ♦ parantachd corporra

Bu chòir beachdachadh air feumalachdan gach tagraiche nuair a bhios tu ag ullachadh cothroman ionnsachaidh, a' cruthachadh goireasan-ionnsachaidh, no a' taghadh teacsaichean.

Tha stiùireadh mu rèiteachaidhean measaidh do thagraichean le ciorram agus an fheadhainn aig a bheil feumalachdan taic a bharrachd ri fhaighinn air [duilleag-lìn nan rèiteachaidhean measaidh](#).

Tuilleadh fiosrachaidh

- ♦ [Rèiteachaidhean measaidh](#)
- ♦ [Togail a' Churraicealaim 3–5](#)
- ♦ [Stiùireadh air cumhaichean measadh airson obair-chùrsa](#)
- ♦ [Stiùireadh air Measadh](#)
- ♦ [Rannsachadh SQA a rinneadh o chionn ghoirid](#)
- ♦ [Measadh aig astar](#)
- ♦ [Leabhar-làimhe SCQF](#)
- ♦ [Ìre gach teisteanas a rèir — Frèam-obrach Chreideis is Theisteanasan na h-Alba](#)
- ♦ [Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean Ionnsachaidh, Sgilean Beatha agus Sgilean Cosnaidh](#)

Pàipear taic: nòtaichean taice a' chùrsa

Ro-ràdh

Chan eil na nòtaichean taice seo àithnteil. Tha iad a' toirt comhairle agus stiùireadh do thidsearan agus òraidichean mu dhòighean air an cùrsa a libhrigeadh. Feumar an leughadh còmhla ris an t-sònrachadh-chùrsa seo agus an eisimpleir de phàipear-cheistean agus/no obair-chùrsa.

A' leasachadh sgilean, eòlas agus tuigse

San earrainn seo, tha barrachd comhairle is stiùireadh mu sgilean, eòlas agus tuigse a dh'fhaodadh tidsearan is òraidichean a thoirt a-steach sa chùrsa. Tha pailteas de shùbailteachd aig tidsearan is òraidichean airson co-theacsaichean a thaghadh a bhosnaicheas agus a bheir dùbhlàn do an agraichean, a' tairgse an dà chuid farsaingeachd agus doimhneachd.

Tha na leanas a' toirt tar-shealladh farsaing air na sgilean, eòlas agus tuigse cuspair a thèid a leasachadh sa chùrsa:

- ◆ sgilean leughaidh, leughadh breithneachail, èisteachd, còmhraidh agus sgrìobhadh, mar a tha iomchaidh don adhbhar agus don luchd-amais
- ◆ a' tuigsinn, mion-sgrùdadh agus a' luachadh theacsan a tha mionaideach agus iom-fhillte, mar a tha iomchaidh don adhbhar agus don luchd-amais, ann an co-theacsan litreachais, cànan, mheadhanan agus cultair
- ◆ a' cruthachadh agus a' sgrìobhadh theacsan mionaideach agus iom-fhillte, mar a tha iomchaidh don adhbhar agus don luchd-amais, ann an raon farsaing de cho-theacsaichean
- ◆ a' cleachdadh eòlas is tuigse air cànan
- ◆ a' cleachdadh eòlas is tuigse air dualchas cultarail nan Gàidheal agus dualchas cultarail dhaoine eile

Conaltradh agus litreachas

Tha leasachadh nan sgilean conaltraidh is litreachais bunaiteach don chùrsa Gàidhlig Àrd-Ìre. Gus na sgilean seo a leasachadh, bidh dlùth-cheangal eadar mòran de na gnìomhachdan teagaisg is ionnsachaidh a thathar a' taghadh. Tha tar-lùbadh de sgilean, agus feumar tagraichean a bhrosnachadh a bhith a' dèanamh ceanglaichean san ionnsachadh aca thar phàirtean eadar-dhealaichte den chùrsa. Mar eisimpleir, tha e glè choltach gum faod obair ullachaidh airson a' phàipeir cheistean Leughadh agus Litreachas agus airson a' phàipeir cheistean Èisteachd, no airson na h-obrach sònraichte-sgrìobhadh, stuth freagarrach mar bhunait airson a' chòmhradh. Mar an ceudna, faodaidh gnìomh far am feumar dlùth-leughadh mionaideach a dhèanamh air teacsa litreachais a bhith a' cur ri leasachadh nam prìomh sgilean a thathar ag iarraidh airson a' phàipeir cheistean Leughadh is Litreachas agus a' phàipeir cheistean Èisteachd.

Tha a h-uile taobh de mheasadh a' chùrsa ag iarraidh air tagraichean a bhith a' smaoineachadh gu cuideachail, mar eisimpleir:

- ◆ a' dèiligeadh ri teacsa sgrìobhte a tha mionaideach agus iom-fhillte nach fhacas roimhe sa phàipear cheistean Leughadh, agus teacsa labhairte a tha mionaideach agus iom-fhillte nach cualas roimhe sa phàipear cheistean Èisteachd
- ◆ a' dèiligeadh ri teacsaichean Gàidhlig air na rinn iad sgrùdadh mar phàirt den chùrsa agus a' cur an gnìomh an sgilean, eòlas agus tuigse don cheist thaghte sa phàipear cheistean air Litreachas
- ◆ a' smaoineachadh mu bheachd-smuainean a thogadh mar phàirt den chòmhradh
- ◆ a' smaoineachadh tro chùisean mar phàirt de sgrìobhadh breithneachail no sgrìobhadh cruthachail airson na h-obrach sònraichte-sgrìobhadh

Tuigse, mion-sgrùdadh agus luachadh

Tha leasachadh nam prìomh sgilean tuigse, anailis agus luachadh ann an teachsaichean Gàidhlig, an dà chuid sgrìobhte agus labhairte, bunaiteach don chùrsa.

A thaobh tuigse, feumaidh tagraichean an tuigse aca air teachsaichean a nochdadh, a' comharrachadh, a' leth-oireachadh agus a' mìneachadh, nam faclan fhèin, prìomh bheachdan, fiosrachadh no taobh-seallaidh.

Mar phàirt de mhion-sgrùdadh, bithear a' cur fòcas air pàirtean sònraichte de theacsa, agus a' coimhead gu dlùth aig mar a tha iad ag obrachadh, gus beachdachadh air a' bhuaidh a tha aca air an teacsa san fharsaingeachd. Dh'fhaodadh mion-sgrùdadh atharrachadh a rèir an teacsa. Airson teacsa nas lugha, leithid dàin no artaigil naidheachd, bhiodh e iomchaidh beachdachadh air sgrùdadh loidhne an dèidh loidhne gus fòcas a chur air taghadh fhaclan, cainnt figearach, mar meataforan, no fuaim. Bhiodh fòcas air foirm bàrdail brioghmhor cuideachd — structar agus co-dhealbhachd sonaid, mar eisimpleir. Airson teacsa nas motha, leithid nobhail no dealbh-chluiche, bhiodh e iomchaidh mion-sgrùdadh a gus beachdachadh air caractarachd agus/no leasachadh characteran, aithriseadh no stiùiridhean àrd-ùrlair, no sealladh fìor chudthromach. Chan e liosta iomlan a tha seo. Ann an aithghearrachd, bu chòir gum faighear ann am mion-sgrùdadh fianais fhòcasaichte, mhionaideach a tha a' nochdadh aire air innleachdan litreachail agus a tha a' mìneachadh na buaidh a tha aca air tuigse an teacsa san fharsaingeachd.

Tha luachadh ag iarraidh air tagraichean a bhith an sàs gu h-iomlan sna teachsaichean a tha iad a' rannsachadh. Bu chòir gum bi na tagraichean comasach air mìneachadh dè a' bhuaidh a tha aig teacsa (no pàirtean dheth), no breithneachadh air èifeachdas a thaobh adhbhair.

Feumaidh tagraichean a bhith ag ionnsachadh nan sgilean is innleachdan a tha a dhìth gus aisteachan breithneachail a dhèanamh airson a' phàipeir cheistean Litreachas. Tha seo a' toirt a-steach an comas a bhith a' nochdadh loidhne-smuaineachaidh shoilleir a tha a' dèiligeadh ri agus a' toirt freagairt do cheist shònraichte, a tha a' cumail a' dol air feadh freagairt leudaichte.

A' cruthachadh agus a' toirt seachad teacsaichean mionaideach agus iom-fhillte ann an raon farsaing de cho-theacsaichean

Bu chòir do thidsearan is òraidichean tagraichean a bhrosnachadh a bhith a' sgrìobhadh ann an co-theacsaichean diofaraichte, agus air adhbharan eadar-dhealaichte, gus am bi aca na sgilean a chur an gnìomh a dh'ionnsaich iad rè a' chùrsa. Feumaidh tagraichean aon phìos sgrìobhaidh a chruthachadh a tha san fharsaingeachd cruthachail no aon phìos sgrìobhaidh a chruthachadh a tha san fharsaingeachd breithneachail airson na h-obrach sònraichte—sgrìobhadh. Mus tagh tagraichean dè tha iad ag iarraidh a chruthachadh, bu chòir do thidsearan is òraidichean beachdachadh còmhla riutha air na diofar sheòrsaichean ghnèithean-litreachais.

Tha cruthachadh Gàidhlig labhairteach a tha mionaideach agus iom-fhillte na cho-phàirt riatanach den chùrsa Gàidhlig Àrd-Ìre, agus bu chòir a leasachadh tron h-uile ghnìomhachd ann an Gàidhlig agus ann an clasaichean tro mheadhan na Gàidhlig.

Eòlas agus tuigse air cànan

Tha tagraichean a' leasachadh an cuid sgilean barrachd ann an eòlas is tuigse agus a' faighinn misneachd tro ghnàth-eòlas air cànan is teacsaichean a tha nas iom-fhillte. Le bhith a' cruthachadh teacsaichean sgrìobhte dhaibh fhèin, faodaidh tagraichean an cuid eòlais is sgilean a chur an gnìomh a thaobh mar a bhios sgrìobhadairean a' cleachdadh cànan mionaideach agus iom-fhillte thar caochladh sheòrsaichean, ghnèithean-litreachais agus adhbharan. San dèanadas labhairte aca, faodaidh an cuid eòlais is tuigse air cànan taic a thoirt do thagraichean san dòigh sam bi iad gan cur an cèill agus gan cuideachadh am misneachd a thogail a thaobh an smachd air sgilean cànan, agus beachd-smuainean a chur an cèill le bhith a' cleachdadh raon farsaing de bhriathrachas.

Feumaidh eòlas èifeachdach a bhith aig tagraichean air na prìomh dhòighean sa bheil cànan ag obair, mar eisimpleir:

- ◆ na dòighean sa bheil seantansan gan togail agus gam puingeachadh
- ◆ mar a dh'fhaodas cleachdaidhean co-chiallachaidh agus cleachdaidhean comharrachaidh a bhith aig faclan agus abairtean
- ◆ na prìomh phrionnsapalan is pàtranan litreachaidh
- ◆ mar as urrainnear structar agus stoidhle a chleachdadh airson brìgh agus buaidh
- ◆ mar as urrainnear cànan a chur an gnìomh airson diofar adhbharan
- ◆ cho cudromach 's a tha ìre cànan
- ◆ na diofaran eadar cainnt labhairte agus cainnt sgrìobhte

Bu chòir gu bheil rannsachadh nan dòighean sa bheil cànan ag obair a bhith na phàirt de theagasg is ionnsachadh ann am pàirtean eile den chùrsa, seach mar eileamaid a sheasas fa leth. Dh'fhaodar a bhith iomchaidh dèiligeadh ris na co-phàirtean seo gu dìreach, ge-tà, far a bheil feum ann. Chan fheum rannsachadh cànan stad an sin. Chan fheum rannsachadh cànan stad an sin. Am measg nan cuspairean eile a dh'fhaodadh a bhith airidh air rannsachadh tha cùisean freumh-fhaclach, fuaim fhaclan, dualchainnt, buaidh na Gàidhlig air a' Bheurla agus a chaochladh, is msaa.

Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg

Feumar an cothrom a thoirt do thagraichean a bhith a' togail air na dh'ionnsaich iad roimhe gus adhartas a thoirt air an eòlas air Gàidhlig.

Beartaichidh ionnsachadh mu Alba is cultar na h-Alba eòlas ionnsachadh nan tagraichean agus cuidichidh iad ann a bhith a' leasachadh nan sgilean airson ionnsachaidh, beatha is obrach a bhios feumach dhaibh ann an ullachadh a bhith a' gabhail an àite fhèin ann an Alba a tha eug-samhail, in-ghabhalach agus com-pàirteach, agus taobh a-muigh sin. Far a bheil cothroman ann gus dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg a fhreagarrachadh do cho-theacsa na h-Alba, bu chòir do thidsearan is òraidichean beachdachadh air seo.

Tha cothroman ann gus sgilean agus dòighean-obrach a chur còmhla ann an teagasg is ionnsachadh a' chànain gus ullachadh airson nan diofar co-phàirtean de mheasadh a' chùrsa.

Ann an teagasg is ionnsachadh, tha e cudromach a bhith a' toirt taic do agus a' leasachadh sgilean còmhraidh agus èisteachd thagraichean, agus tha iad bunaiteach don chuspair, mar eisimpleir:

- ◆ a' cleachdadh raon de cho-theacsaichean a thaobh litreachas, cainnt, meadhanan agus cultar gus an cuid sgilean còmhraidh agus eisdeachd a leasachadh
- ◆ a' dèiligeadh ri sgilean còmhraidh agus sgilean labhairt an neach fa leth tro rannsachadh air ficsean, neo-fhicsean agus/no meadhanan far am faod iad a bhith an sàs ann an èisteachd bhreithneil no leughadh clastinneach theacsaichean
- ◆ bidh leasachadh sgilean còmhraidh agus èisteachd tro ghnìomhachdan buidheann còmhraidh, tro chuspairean no tro rannsachaidhean litreachais (deasbadan, a' dèanamh agallamh le caractaran) a' leasachadh an cuid sgilean a thaobh ceasnachadh, dèanamh gheàrr-chùntasan agus àichidh
- ◆ a' faighinn chothroman còmhraidh air na freagairtean aca fhèin agus feadhainn eile do theacsaichean mar fhreagairtean tùsail do ghnìomhan breithneachail
- ◆ measadh cho-aoisean gan toirt seachad air freagairtean cudromach tro ionnsachadh gnìomhach

Tha na h-eisimpleirean a leanas a' toirt dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg a dh'fhaodadh tidsearan is òraidichean a chuideachadh le bhith ag ullachadh thagraichean airson measadh a' chùrsa, agus gnìomhachdan a chuidicheas tagraichean gus an sgilean, eòlas agus tuigse a leasachadh.

Gnìomhachdan eisimpleir airson ionnsachadh is teagasg

Tha an clàr a leanas a' toirt seachad eisimpleirean do thidsearan is òraidichean de ghnìomhachdan ionnsachaidh is teagaisg thar nan sgilean a tha a' tairgse chothroman gus tagraichean ullachadh airson measadh a' chùrsa.

Gnìomhachd	Leughadh agus Litreachas	Èisteachd	Còmhradh	Obair shònraichte-sgrìobhadh
Tha tagraichean a' rannsachadh cuspair agus a' dèanamh taisbeanadh labhairteach mu dheidhinn	A' dèanamh nòtaichean, earrainnean no cuir loidhne fo thoraidhean a fhuairleadh bho stòr	A' freagairt ri ceistean an dèidh na h-òraid taisbeanaidh	A' thoirt seachad òraid fa leth air a' chuspair	A' cleachdadh fiosrachadh taghte gus sgrìobhadh breithneachail a dhèanamh
Tha tagraichean a' leughadh teacsa(ichean), air a(n) leantainn le còmhradh-buidhne	A' freagairt cheistean air an/na teacsa (ichean)	Ag èisteachd agus a' freagairt ann an còmhradh-buidhne	A' cuir ri còmhradh buidhne	A' sgrìobhadh freagairtean do chùisean a thogadh san teacsa
Tha tagraichean a' beacadachadh air cuspair, ag èisteachd ri òraid air a' chuspair agus a' sgrìobhadh mu dheidhinn	A' leughadh theacsaichean a tha co-cheangailte ri cuspair a' chòmhradh	Ag èisteachd agus a' freagairt sa chòmhradh-bhuidhne	A' cur ri còmhradh-buidhne	A' sgrìobhadh mun chuspair
Tha tagraichean a' rannsachadh mar a nìthear dràma bho sgeulachd ghoirid	A' leughadh an sgrìobt	Ag èisteachd ri loidhnichean càch a chèile agus a toirt freagairt dhaibh	A' cur an dealbh-chluich air an àrd-ùrlar, seisean deasbad-buidhne/ais-mholadh an dèidh làimh	A' sgrìobhadh deireadh eile don dealbh-chluich/lèirmh eas den dealbh-chluich a chaidh air an àrd-ùrlar
Tha tagraichean a' rannsachadh blogachadh	A' leughadh bhlogaichean airson fiosrachaidh gus stoidhle agus innleachd aithneachadh			A' sgrìobhadh bloga
Tha tagraichean a' stiùireadh agallamhan	Tha tagraichean a' leughadh nòtaichean càch a chèile air na h-agallamhan airson fiosrachadh	A' freagairt ri ceistean is freagairtean	A' cleachdadh sgilean agallamhan	A' sgrìobhadh cheistean

Tha na h-eisimpleirean a leanas a' sealltainn mar a dh'fhaodadh tidsearan is òraidichean na modhan-obrach air an ainmeachadh gu h-àrd a chleachdadh a rèir co-theacsa agus gnè-litreachais.

Dòighean-obrach a thaobh litreachas

- ◆ A' dealbhadh ghnìomhachdan leughadh breithneil agus èisteachd gus an tagraiche a chom-pàirteachadh ann an raon farsaing de theacsaichean sgrìobhte, lèirsinneach agus labhairte, a' gabhail a-steach feadhainn a thagh iad fhèin.
- ◆ Bu chòir do thagraichean eòlas a chosnadh air raon de dh'fheartan ghnèithean-litreachais tro gnìomhan breithneachail agus mac-meanmnach a leigeas leotha mion-sgrùdadh is luachadh agus/no nochdadh gu bheil grèim aca air foirmeach litreachail buntainneach.
- ◆ Faodaidh freagairtean do theacsan litreachail a bhith eug-samhail: deasbad, aiste bhreithneachail, freagairt mhac-meanmnach, tar-chur gnè.

Dòighean-obrach a thaobh cànan

- ◆ Bu chòir do thagraichean fòcas a chur air ìre cànan agus freagarrachd cànan mar a chleachdadh ann am bàrdachd no ann an clàraidhean beul-aithris a tha rim faotainn.
- ◆ Dh'fhaodadh tagraichean rannsachadh a ghabhail os làimh air cho cudromach 's a tha ionnsachadh nan gnàthasan-cainnte agus structaran gnàthas-chainnteach gus fileantachd a leasachadh agus an cuideachadh gus nithean a chur an cèill sa chànan nas nàdarra.
- ◆ A bharrachd air teacsaichean ficsein, bu chòir do thagraichean a bhith an sàs ann an mion-sgrùdadh dlùth-leughaidh air earrainnean neo-fhicseanach, nach fhacas roimhe, airson mion-sgrùdadh breithneachail agus còmhraidh; agus tuigse a leasachadh air feadhainn de na gnàthasan ann an sgrìobhadh neo-fhicseanach, a' toirt a-steach sgrìobhadh siubhail agus naidheachdas.

Dòighean-obrach a thaobh nam meadhanan

- ◆ Dh'fhaodadh tagraichean cuspairean mheadhanan a rannsachadh, mar eisimpleir fiolm Gàidhlig; rèidio is pod-chraolaidhean Gàidhlig; prògraman TBh Gàidhlig don òigridh; clàraidhean fuaime bho thasglannan air-loidhne.
- ◆ Dh'fhaodadh tagraichean cothrom fhaighinn air làraichean-lìn naidheachdan gus còmhraidh clas agus taisbeanaidhean a bhrosnachadh.

Dòighean-obrach a thaobh cultar

- ◆ Dh'fhaodadh cuspairean gabhail a-steach eachdraidh Cheilteach agus Ghàidhealach, cànanan is cultaran Ceilteach eile, leasachadh Gàidhlig, ealain is cultar Gàidhlig (mar eisimpleir, ceòl, dràma, spòrs), foghlam Gàidhlig, rannsachadh a bharrachd air raon sònraichte de litreachas Gàidhlig, cànan (mar eisimpleir, dualchainnt-eòlas), rannsachaidhean ionadail anns a bheil a' Ghàidhlig a' cluiche pàirt fhìor-chudromach.
- ◆ Dh'fhaodadh tagraichean teacsaichean a roghnachadh agus mion-sgrùdadh a dhèanamh orra le bhith a' cur fòcas air tachartas cudromach ann an eachdraidh no ann an cultar. Dh'fhaodadh iad an uair sin pìos sgrìobhaidh breithneachail no pìos sgrìobhaidh cruthachail a chruthachadh stèidhte air na fhuair iad. Dh'fhaodadh litreachas ceangal a dhèanamh ri seo cuideachd.

Eisimpleirean

San dà eisimpleir a leanas, faodaidh tagraichean leasachadh a dhèanamh air na sgilean uile a tha air am measadh ann am measadh a' chùrsa (tuigse, mion-sgrùdadh agus luachadh) ann an cruth sgrìobhte no labhairte. Dh'fhaodadh seo a bhith ann an cruth còmhraidh le tagraichean eile agus/no leis an tidsear no òraidiche. Dh'fhaodadh e cuideachd a bhith ann an cruth fhreagairtean sgrìobhte ann an cruth bloga. Faodaidh tagraichean a dh'obair gu neo-eisimeileach no gu co-obrachail gus geamaichean ionnsachaidh, farpaisean-cheist agus postairean a chruthachadh gus eòlas a ghluacadh agus mion-sgrùdadh a leasachadh. Fhad 's a thathar a' lìbhrigeadh an dà eisimpleir, bithear a' leasachadh nan sgilean còmhraidh agus sgrìobhaidh gu nàdarra.

Eisimpleir 1

Ullachadh airson measadh a' chùrsa air leughadh airson tuigse, mion-sgrùdadh agus luachadh, agus/no litreachas

Hallaig le Somhairle MacGill-Eathain

Tha tagraichean a' leughadh *Hallaig* agus a' beachdachadh air ìomhaigheachd san dàn.

Seòrsa ceiste ann am measadh a' chùrsa	Gnìomhachd ionnsachaidh is teagaisg a dh'fhaodar cleachdadh
♦ tuigse ♦ dèanamh geàrr-chunntas	Tha tagraichean a' comharrachadh agus a' mìneachadh nam prìomh bheachd-smuainean bhon dàn.
♦ mion-sgrùdadh	Tha tagraichean a' beachdachadh air ìomhaigheachd, a' cleachdadh briathrachas a tha iomchaidh airson bàrdachd a dheasbad, agus a' toirt seachad mion-fhiosrachadh air na dòighean sa bheil feartan a' toirt seachad brìgh. Tha tagraichean a' beachdachadh air agus a' mìneachadh carson, agus cò dha, a chaidh an dàn a sgrìobhadh.
♦ luachadh	A' dèanamh iomradh air a mhion-sgrùdadh aca air feartan cànan, tha tagraichean a' beachdachadh air a' bhuaidh a thug an dàn orra fhèin. Tha tagraichean a' beachdachadh air na tha daoine eile air sgrìobhadh no air a ràdh mun dàn, agus tha iad a' tighinn gu tuigse air a' bhuaidh nas fharsainghe a tha air a bhith aige a bharrachd air dè cho èifeachdach 's a tha e.

Eisimpleir 2: Ullachadh airson measadh a' chùrsa air èisteachd

BBC Alba

Tha tagraichean a' coimhead prògram chùisean làitheil.

Seòrsa ceiste ann am measadh a' chùrsa	Gnìomhachd ionnsachaidh is teagaisg a dh'fhaodar cleachdadh
♦ tuigse	Tha tagraichean a' comharrachadh agus a' mìneachadh nam prìomh bheachdan sa phrògram.
♦ mion-sgrùdadh	Tha tagraichean a' beachdachadh air na dòighean sa bheil diofar luchd-còmhraidh a' cur an cèill am beachdan agus na feartan cànan a tha iad a' cleachdadh gus brìgh a thoirt seachad. Tha tagraichean a' beachdachadh air luchd-amais agus adhbhar a' phrògram agus thathar gam brosnachadh gus cothromachadh agus/no claon-bhreith aithneachadh.
♦ luachadh	A' dèanamh iomradh air a mhion-sgrùdadh aca air feartan cànan a chleachdadh sa phrògram, tha tagraichean a' beachdachadh air a' bhuaidh a thug na h-argamaidean agus/no aithrisean orra fhèin. Tha tagraichean a' beachdachadh air na tha daoine eile, mar eisimpleir tagraichean eile, air sgrìobhadh no air a ràdh mun phrògram, agus tha iad a' tighinn gu tuigse air dè cho èifeachdach 's a tha e.

Dòighean-obrach a thaobh leasachadh agus brosnachadh tagraichean gus rannsachadh neo-eisimeileach a ghabhail os làimh a thaobh a' phrògram leughaidh aca fhèin

- ♦ Tha leughadh pearsanta cudromach agus dh'fhaodadh buidhnean leughaidh taic a thoirt dha seo. Ghabhadh seo a dhèanamh ann an cruth choinneamhan air-loidhne cuideachd.
- ♦ Rannsachadh pròiseict bi na tagraichean fhèin a taghadh cuspairean agus cinn-adhbhair a rannsachadh anns a bheil ùidh shònraichte aca.
- ♦ Le bhith a' brosnachadh ionnsachadh briathraichais, bithear a' leasachadh comas nan tagraichean a bhith a' tuigsinn agus a' mealadh na tha iad a' leughadh.
- ♦ Tro ghnàth-eòlas air raon de theacsaichean, tha tagraichean a' fàs eòlach air raon de fheartan gnè-litreachais. Mar sin, is urrainn dhaibh leithid a theacsa aithneachadh agus iomradh a dhèanamh air ann an teacsaichean eile.
- ♦ Bu chòir gu bheil modh-obrach teagaisg a' fighe a-steach gnìomhan a bhios a' brosnachadh tagraichean gus beachd-smuaineach cudromach aithneachadh, anailis a dhèanamh air ceàrd-eòlasan litreachail (puingeachadh, structar sheantansan, ìomhaigheachd, tò), beachdachadh air seasamh an sgrìobhadair, agus èifeachdas teacsa a luachadh.
- ♦ A' togail air eòlas air gnàthasan cainnte sgrìobhte, faodaidh tagraichean an t-eòlas aca a chur an gnìomh do rannsachadh theacsaichean goirid nach fhacas roimhe agus do

theacsaichean leudaichte (mar eisimpleir, nobhail, sgeulachd ghoirid, dràma, bàrdachd, naidheachdas) agus freagairt bhreithneil leudaichte a chruthachadh far a bheilear a' beachdachadh air agus a' luachadh prìomh fheartan gnè-litreachais.

A' leasachadh ro-innleachdan sgrìobhaidh airson raon nan gnèithean-litreachais

- ♦ Faodaidh tagraichean a bhith a' togail aire air ìre-chànain a tha freagarrach airson adhbhar tro chruinneachadh de sheòrsaichean sgrìobhaidh a tha a' còrdadh riutha agus a tha iad a' feuchainn.
- ♦ Bu chòir do thagraichean pasgan de sgrìobhadh a chruthachadh a bhios a' taisbeanadh tuigse agus meas air roghainn de chruthan is feartan gnè-litreachais.
- ♦ Le bhith a' leasachadh, a' planadh, a' sgrìobhadh agus a' deasachadh teacsaichean mar sheata de sgilean amalaichte, bithear a' cruthachadh fianais gu bheil tagraichean air gnàthasan litreachais a chleachdadh, a làimhseachadh no a chruth-atharrachadh airson adhbhar sònraichte, mar eisimpleir fèin-labhairt, sgriopt dràma, sgeulachd ghoirid, sgrìobhadh leudaichte a tha breithneachail no ìmpidheach.

Ag ullachadh airson measadh cùrsa

Pàipear cheistean 1: Leughadh agus Litreachas

Roinn 1: Leughadh airson tuigsinn, mion-sgrùdadh agus luachadh

Tha an roinn seo ag iarraidh air tagraichean dlùth aire a thoirt gach cuid do na beachd-smuaineach agus don chainnt ann an teacsa Gàidhlig mionaideach agus iom-fhillte, a dh'fhaodadh a bhith ficseanach no neo-fhicseanach agus nach fhacas roimhe. Tha teacsaichean neo-fhicseanach a' tighinn bho thùsan nach fhacas roimhe, gu tric bho phàipearan-naidheachd, agus bu chòir do thagraichean fàs eòlach air an t-seòrsa seo de sgrìobhadh, maille ris na teacsaichean ficseanach a thathar mar is trice a' rannsachadh rè a' chùrsa. Bu chòir do thagraichean raon farsaing de stoidhlichean neo-fhicsein a rannsachadh, mar eisimpleir breithneachail, ìmpidheach, oideachail, argamaideach, pearsanta, smaoineachail, trom-chùiseach, àbhachdail. Dh'fhaodadh tidsearan is òraidichean iarraidh air tagraichean teacsaichean a tha iom-fhillte gu leòr a thaobh cànan a lorg agus a cho-phàirteachadh. Dh'fhaodadh beachdachadh air prìomh bheachdan, agus mar a tha sgrìobhadairean air cànan a chleachdadh, a bhith a' leantainn an dèidh sin. San dòigh seo, dh'fhaodadh an còmhraidh a bhith air amalachadh a-steach do dhòighean-obrach teagaisg is ionnsachaidh airson a' phàipear cheistean Leughadh.

Nuair a tha iad a' rannsachadh teacsaichean ficseanach agus neo-fhicseanach, bu chòir do thagraichean na ceistean a leanas faighneachd dhaibh fhèin:

- ◆ Dè na prìomh bheachdan aig an sgrìobhadair, agus dè na ceàrd-eòlasan cànanach a bhios e a' cleachdadh gus na beachd-smuaineach seo a chur thairis?
- ◆ Dè an luchd-amais a thathar a' targaideachadh?
- ◆ Dè tha an sgrìobhadair a' feuchainn ri dhèanamh leis a' phìos sgrìobhaidh seo? Ìmpidh a chur oirnn, conas a chur oirnn, dibhearsan a thoirt dhuinn, cùis a thoirt dhar n-aire?
- ◆ Dè a' bhuaidh a bha aig an sgrìobhadh orm? An tug e orm gàireachdaich? An robh mi brònach no feargach?
- ◆ An robh e èifeachdach? Dè rinn e èifeachdach?

Bu chòir do thagraichean na prìomh bheachdan a chur an dàrna taobh, agus oidhirp a dhèanamh gus an dealachadh bho eisimpleirean, leudachadh agus seachas. Bu chòir dhaibh a bhith comasach air prìomh bheachd-smuaineach an sgrìobhadair a chomharrachadh, a chur an dàrna taobh, às-tharraing, geàrr-chunntas a dhèanamh dhiubh agus an cur sna briathran aca fhèin bho earrannan teacsa a tha gu reusanta mòr.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean tagraichean a bhrosnachadh a bhith a' cleachdadh faclair gus tùsan agus mìneachaidhean fhaclan a rannsachadh, a bharrachd air atharrachaidhean dual-chainnteach, prìomh sheaghan fhaclan agus fo-sheaghan, a bharrachd air an sgil a thaobh mìneachaidhean a thuigsinn le bhith ag aithneachadh ghaisean agus freumhan.

Le bhith a' leughadh ann an co-theacsa, thathar ag altramadh tuigse air briathrachas. Bu chòir do thidsearan is òraidichean an cothrom a thoirt do thagraichean a bhith a' tachairt air briathrachas air nach eil iad eòlach gus leigeil leotha na sgilean oidheim aca a chleachdadh gus brìgh an fhacail obrachadh a-mach bhon cho-theacsa. Le bhith a' tachairt air briathrachas air a bheil iad aineolach, tha tagraichean air an cuideachadh a bhith

a' smaointinn gu neo-eisimeileach agus a' togail am misneachd le bhith gan ullachadh airson aghaidh a chur air, agus freagairt a dhèanamh do, stuth aineolach. A bharrachd air sin, tha seo a' leasachadh an sgil a thaobh comas air aithneachadh cò na faclan a tha cudromach airson tuigse fhaighinn air an earrann, agus cò dhiù nach eil.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean tagraichean a bhrosnachadh a bhith:

- ♦ a' leasachadh misneachd san cuid eòlais air innleachdan cànan a tha coitcheann, leithid roghnachadh fhaclan, structar sheantansan, meataforan, puingeachadh, tòn, iomsgaradh
- ♦ aithriseadh mion-sgrùdail a chur air adhart a tha a' cur fòcas air eisimpleirean comharraichte de mar a chleachd an sgrìobhadair cainnt
- ♦ mothachail do phàtran coitcheann de structar taobh a-staigh phiosan sgrìobhaidh, agus comasach air an aithneachadh
- ♦ a' dèanamh iomradh air mar a tha paragrafan ceangailte ri chèile, agus air èifeachdas na h-earrainn tòiseachaidh no crìochnachaidh, no paragrafan

Roinn 2: Litreachas (Literature)

Tha an aiste bhreithneachail airson a' phàipeir Litreachas ag iarraidh air tagraichean aon cheist a thaghadh agus freagairt fhòcasaichte a sgrìobhadh a bhuineas gu dìreach don cheist. Tha e cudromach gun cleachd na tagraichean loidhnecho-sheasmhach smaoinichidh san aiste aca, agus ga structarachadh ann an leithid a dhòigh 's gu bheil a' bhrìgh aca soilleir.

Feumaidh aistean breithneachail a bhith a' nochdadh eòlas is tuigse air an teacs, anailis air ceàrd-eòlasan an sgrìobhadair, agus luachadh, agus na tagraichean a' sealltainn dè tha iad a' faighinn bhon teacs, agus dè tha a' còrdadh riutha mu dheidhinn, agus a' sealltainn cho soirbheachail 's a tha sgrìobhadairean air a bhith ann an coileanadh an adhbhair iomlain aca. Bu chòir do thidsearan is òraidichean dèanamh cinnteach gu bheil tagraichean mothachail, ged nach eilear a' measadh pongalachd theicnigeach san roinn seo, gum feum an sgrìobhadh aca a bhith pongalach gu leòr gus brìgh a thoirt seachad aig a' chiad leughadh, air neo dh'fhaodadh e a bhith fèin-pheanasach.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean dèanamh cinnteach gu bheil tagraichean eòlach gum feum iad mion-sgrùdadh a thaisbeanadh san aiste aca. Thoir fa-near: dh'fhaodadh innleachdan atharrachadh a rèir gnè-litreachais agus bu chòir gu bheil tagraichean eòlach air an diofar.

Mar eisimpleir, dh'fhaodadh innleachdan a bhith a' gabhail a-steach:

- ♦ dràma: prìomh sealladh/seallaidhean, structar, tighinn gu ceann, plota, còmhstri, suidheachadh
- ♦ nobhail agus sgeulachd ghoirid: caractarachd, suidheachadh, cainnt, prìomh thachartas(an), tighinn gu ceann, puing tionndaidh, plota, structar, ceàrd-eòlas aithriseil, tuairisgeul
- ♦ bàrdachd: roghnachadh fhaclan, tòn, ìomhaigheachd, structar, ruitheam, comhardadh, fuaim

- ◆ film agus dràma TBh: a' rannsachadh seallaidhean cudromach no sreathan-leanmhainn, a bharrachd air aire a leasachadh air an obair san fharsaingeachd. A' leasachadh tuigse air prìomh thaobhan is ceàrd-eòlasan ann am film is dràma TBh, mar eisimpleir cleachdadh a' chamara, sreath-leanmhainn cudromach, caractarachd mise-en-scène, deasachadh, suidheachadh, ceòl/fuaim, èifeachdan sònraichte, plota, co-chòmhradh

Faodaidh tagraichean suas ri sia lethbhreacan glana de na teacsaichean taghte aca a thoirt a-steach don deuchainn còmhla riutha, agus bu chòir am brosnachadh a bhith gan cleachdadh mar thaic anns na freagairtean aca gus mion-sgrùdadh is luachadh a shoilleireachadh gu freagarrach. Bu chòir do thidsearan is òraidichean rabhadh a thoirt do thagraichean gun a bhith dìreach a' dèanamh lethbhreac de earrannan mòra de theacsa.

Pàipear cheistean 2: Èisteachd

An seo tha tagraichean a' dèiligeadh ris an dùbhlán a bhith a' cur an gnìomh an sgilean èisteachd ann an tuigse, mion-sgrùdadh agus luachadh do theacsa Gàidhlig labhairteach, mionaideach agus iom-fhillte nach cualas roimhe.

Tha e cudromach gu bheil tagraichean mothachail air adhbhar agus luchd-amais nan teacsaichean labhairteach a chluinneas iad. Dh'fhaodadh e bhith cuideachail dhaibh ma bha iad cleachdte ri bhith a' cur gu feum leabhraichean-eagrachaidh is ro-innleachdan èisteachd gnìomhach anns am bi iad a' toirt an ceistean fhèin gu gnìomhachd èisteachd sam bith, coltach ris a' chomhairle air an d' rinneadh iomradh seo shuas san earrainn air Leughadh airson tuigse, anailis agus luachadh.

Bu chòir do thagraichean na ceistean a leanas a chur orra fhèin:

- ◆ Dè na prìomh bheachdan a th' aig an neach-labhairt agus dè na h-innleachdan cànan a thathar gan cleachdadh gus na beachdan seo a chur an cèill?
- ◆ Cò an luchd-amais?
- ◆ Dè tha an neach-labhairt a' feuchainn ri dhèanamh? Ìmpidh a chur oirnn, conas a chur oirnn, no fiosrachadh a thoirt dhuinn?
- ◆ Dè a' bhuaidh a dh'fhàg an neach-labhairt orm? An tug e orm gàireachdainn? An robh mi brònach no feargach?
- ◆ An robh e èifeachdach? Dè rinn e èifeachdach?

Gnìomh obair-chùrsa Obair shònraichte–sgrìobhadh

Tha an obair shònraichte–sgrìobhadh air a dèanamh suas de aon phìos sgrìobhaidh a tha an dara cuid an ìre mhath cruthachail no an ìre mhath breithneachail. Bu chòir a bhith a' faicinn an obair shònraichte–sgrìobhadh mar cheann-finidh teagasg is ionnsachadh nan sgilean sgrìobhaidh a rinneadh rè a' chùrsa. Tha gnìomh measaidh na h-obrach shònraichte–sgrìobhadh a' tairgse grunn dòighean-obrach air am faodadh tagraichean beachdachadh.

Coltach ris a' chòmhradh, bu chòir do thidsearan is òraidichean uiread pearsanachadh is taghadh sa ghabhas air a thairgse gu tagraichean a thaobh roghnadh na gnè is nan cuspairean. Ma tha na tagraichean gu tur an sàs sna pìosan-obrach agus na cuspairean, thig ìre àrd de chom-pàirteachadh a-mach às, agus bidh soirbheachas nas buailtiche. Faodaidh gnìomhan a bhith coltach airson tagraichean aig diofar ìrean leasachaidh. An seo, is ann às

an toradh a thig diofarachadh anns an fharsaingeachd, seach a bhith na phàirt den phios-obrach fhèin.

Far an do roghnaich na tagraichean pìos sgrìobhaidh a dhèanamh a tha san fharsaingeachd cruthachail, bu chòir do thidsearan is òraidichean am brosnachadh am mac-meanmna a chur gu feum agus an eòlas-beatha fhèin a rùrachd.

Nuair a tha na tagraichean a' sgrìobhadh mun eòlas-beatha fhèin, feumar gabhail ris gun làimhsich na tagraichean am pìos-obrach seo le ìrean eadar-dhealaichte de dh'inbheas pearsanta no fèin-mhothachadh. Tha e gu leòr gun dèilig na tagraichean le smuaintean, faireachaidhean is mothachaidhean; cha leigear leas gum bi beachdachadh air astar san sgrìobhadh, mura tig seo gu nàdarrach am follais ann am pìos sgrìobhaidh, no mur eil an t-inbheas pearsanta aig an tagraichean airson a leithid de sgrìobhadh. 'S e comas sgrìobhaidh nan tagraichean a tha ga mheasadh san obair shònraichte—sgrìobhadh, is chan e inbheas an susbaint.

Far an do roghnaich na tagraichean pìos a tha breithneachail san fharsaingeachd, dh'fhaodte taic a chumail ris an sgrìobhadh aig an toiseach le gnìomhachdan stèidhte air deasbad, gu h-àraidh deasbad-buidhne air cuspairean a chaidh a thaghadh le tagraichean mar phàirt de dh'ionnsachadh neo-eisimeileach. Bu chòir gum bi deasbad na chuideachadh ann an doimhneachadh tuigse nan tagraichean de na cùisean a tha iad a' rannsachadh is a' rùrachd, agus co-aoisean gu tric san t-suidheachadh as fheàrr airson comhairle a thairgse air dè tha ag obair is dè nach eil. Is àbhaist gur e measgachadh de dh'fhìrinn is beachdan a tha ann an sgrìobhadh argamaideach. Bu chòir do thidsearan is òraidichean a bhith a' brosnachadh na tagraichean an dà chuid a thoirt a-steach san sgrìobhadh breithneachail aca fhèin. Cha bu chòir gum faighear cus seachas ann an sgrìobhadh breithneachail agus bu chòir gu bheilear a' rannsachadh nan argamaidean buntainneach don ìre as iomlaine a ghabhas.

Ann a bhith a' rannsachadh airson phiosan breithneachail is dòcha gum bi na tagraichean a' leughadh phiosan de neo-fhicsean no artaigilean naidheachd a chaidh a sgrìobhadh gu proifeiseanta no a' coimhead air prògraman aithriseach air an telebhisean. Faodar dà rùn a shàsachadh an seo leis gur dòcha gum bi cothroman aig na tagraichean an sgilean leughaidh is èisteachd a chur am feabhas fhad 's a tha iad ag ullachadh airson na h-obrach shònraichte—sgrìobhadh. Dh'fhaodadh barrachd tar-lùbaidh a bhith ann leis gum feum na tagraichean am faclan fhèin a chleachdadh ann a bhith a' làimhseachadh bheachdan airson sgrìobhaidh argamaidich, a bhios coltach ris na th' aca ri dhèanamh a thaobh geàrr-chunntas a sgrìobhadh agus nochdadh tuigse sa phàipear cheistean airson Leughadh. Bu chòir do thidsearan is òraidichean cur an cuimhne nan tagraichean gum feum iad aithneachadh gach tùs a chleachd iad.

Tha mòran de na puingeann gu h-àrd fìor cuideachd airson pìosan sgrìobhaidh a tha stèidhte air fiosrachadh, leithid aithisgean, blogaichean agus eachdraidhean-beatha. A thaobh phiosan sgrìobhaidh sa bheil am prìomh amas a bhith a' toirt seachad fiosrachadh, thathar a' gabhail riutha gu tur airson na h-obrach shònraichte—sgrìobhadh.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean innse do thagraichean cuideachd cho fada is a bhios an obair shònraichte—sgrìobhadh Gàidhlig Àrd-Ìre, agus is e sin mu thuaiream 1,200–1,500 facal, mar a tha iomchaidh don ghnè-litreachais (faicibh seo shìos an nòta air bàrdachd) Thathar an dùil gum bi am figear seo iomchaidh don ghnìomh airson tagraichean aig an ìre

seo. Is e sgil luachmhor a tha ann a bhith comasach air sgrìobhadh taobh a-staigh crìochan fhaclan sònraichte airson tagraichean a tha a' dol air adhart gu ionnsachadh a bharrachd.

Tha àireamh as motha de 1,500 faclan a' buntainn ri bàrdachd cuideachd, ach a thaobh faid, bhite an dùil gum biodh an sgrìobhadh goirid leis mar a tha an cànan mar as trice cho teann san ghnè-litreachais seo. Mar sin chan eil an àireamh fhaclan nas lugha de 1,200 a' buntainn, agus bidh an raon slàn de chomharra ri fhaighinn airson pìosan a chuirear a-steach a tha gu math nas giorra.

Comhairle air dearbhadh/mèirle-sgrìobhaidh

Tha na puingeann a leanas gan toirt seachad mar chomhairle a-mhàin, agus chan eilear an dùil gu bheil iad òrdachail. Tuigidh a' mhòr chuid de tagraichean gur e mèirle-sgrìobhaidh a bhith a' toirt (no a' ceannach) aiste bhon eadar-lìon no a' cur a-steach obair nach do rinn iad fhèin. Is fhiach cuideam a chur air a' phuuing gu bheil na leanas nan eisimpleirean de mhèirle-sgrìobhaidh cuideachd.

- ◆ a' dèanamh lethbhreac is cur-ann bhon eadar-lìon gun iomradh a dhèanamh air na tùsan
- ◆ a' dèanamh lethbhreac gu dìreach à teacs-leabhar gun iomradh a dhèanamh air an tùs
- ◆ a' dearmad chromagan turrach bho às-aithrisean

Bu chòir do na tagraichean an obair shònraichte–sgrìobhadh aca a sgrìobhadh nam faclan fhèin, mur eil iad a' dèanamh iomradh bho thùs ainmichte. Ma thathar ag iarraidh air tagraichean mìneachadh a thoirt seachad air dè tha iad a' ciallachadh le abairt no seantans, bu chòir dhaibh a bhith comasach air seo a dhèanamh.

Tha e cudromach gun tuig na tagraichean gu bheil iad a' daingneachadh gur ann leotha fhèin a tha an obair agus gu bheil e air ainmeachadh gu h-iomchaidh far an do chleachdadh beachdan no cànan a bhuineas do chuideigin eile, nuair a chuireas iad an ainm ris an aithris-dhearbhaidh air an duilleag chòmhdach.

Le bhith a' brosnachadh tagraichean an cuspair aca fhèin a thaghadh airson phiosan sgrìobhaidh, chan ann a-mhàin gum bithear a' brosnachadh pearsanachadh, roghainn agus ionnsachadh neo-eisimeileach, ach bithear cuideachd a' lùghdachadh a' chunnairt gum bi mèirle-sgrìobhaidh ann am measg grunn tagraichean a tha uile a' dèiligeadh ris an aon chuspair. Airson sgrìobhadh a tha an ìre mhath breithneachail, ma thathar ag iarraidh gum bi co-dhiù aon stòr a chaidh a sgrìobhadh sa bhliadhna mu dheireadh, bidh sin ro anmoch airson na mòr-chuid de stuthan bho bhancaicean aistean air-loidhne.

Dh'fhaodadh atharrachadh follaiseach ann an stoidhle sgrìobhaidh a bhith na thaisbeanair air mèirle-sgrìobhaidh. Nì cleachdadh luirg adhartaich ann an einnsean-luirg eadar-lìn, agus a' cuairteachadh abairtean fo theagamh ann an comharra labhairt dùbailte ("...") cinnteach gur e duilleagan leis an t-sreath shònraichte seo a dhùisgeas.

'S e an dòigh as èifeachdaiche gus tagraichean a chuideachadh a bhith a' seachnadh mèirle-sgrìobhaidh a bhith a' cur seachad ùine a' beachdachadh air a' chùis còmhla riutha (a' gabhail a-steach na cunnartan agus na slocan-tuislidh), agus le bhith a' teagasg sgilean rannsachaidh bunaiteach maille ri teagasg agus ionnsachadh sgrìobhaidh. Dh'fhaodadh e bhith math tòiseachadh le mìneachadh mèirle-sgrìobhaidh a tha SQA a' cleachdadh.

A' dearmad air tùsan aithneachadh gu cothromach agus/no a' cur a-steach obair cuideigin eile mar gum b'è an obair agad fhèin a bh' ann.'

Bu chòir gu bheil tagraichean air na riaghailtean a leughadh agus a thuigsinn a thaobh cruthachadh obair shònraichte–sgrìobhadh a gheibhear san leabhran SQA *An obair-chùrsa agad*.

Gnìomh obair-chùrsa: Còmhraidh

Gheibh tagraichean buannachd à raon de chothroman còmhraidh a chleachdadh ann an diofar dhòighean, mar thaisbeanaidhean, còmhraidhean is deasbadan, a' leantainn orra don chòmhraidh a tha air a mheasadh gu foirmeil leis an tidsear no òraidiche.

Is iad na coileanaidhean as fheàrr an fheadhainn a leigeas leis na tagraichean fòcasadh air cuspair no tèama anns a bheil ùidh aca agus a tha gan ceadachadh uiread 's a ghabhas de phearsanachadh is taghadh, ach a tha freagarrach airson còmhraidh nàdarra.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean tagraichean a dhèanamh mothachail nach e gu sìmplidh a' toirt seachad taisbeanaidhean fiosrach, no agallamhan ceist-is-freagairt, a bhios na coileanaidhean as fheàrr, ach còmhraidhean ceart dà-rathadach. Bu chòir gu bheil am fòcas ga chur air iomlaid bheachd-smuainean is barailean, leis na tagraichean a' gabhail orra fhèin gus an uimhir as motha 's a ghabhas den chòmhraidh a stiùireadh. Is e dòigh air leth airson sgilean a leasachadh airson a' chòmhraidh a bhiodh ann an cleachdadh cunbhalach do na tagraichean ann an deasbadan-buidhne a stiùireadh no a chathrachadh.

Eisimpleirean sònraichte air ullachadh airson measadh a' chùrsa

A' cleachdadh na dà eisimpleir a thugadh na bu tràithe (*Hallaig* le Somhairle MacGill-Eathain, agus prògram chùisean làitheil air BBC Alba), gheibhear an seo barrachd dhòighean sam faod tagraichean ullachadh airson gach eileamaid measaidh den chùrsa Gàidhlig Àrd-Ire.

Eisimpleir 1

Hallaig le Somhairle MacGill-Eathain

Eileamaid measaidh a' chùrsa	Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg
Pàipear cheistean Leughadh	Tha tagraichean a' freagairt sreath de cheistean a tha gam brosnachadh a bhith a' nochdadh an cuid tuigse, mion-sgrùdadh is luachadh air an teacs. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach ag iarraidh orra geàrr-chunntas a dhèanamh, nam faclan fhèin, den teacs. Cuir na ceistean ann an dòigh a bhios a' cuideachadh thagraichean gus diofarachadh a dhèanamh eadar seòrsaichean ceiste: ♦ tuigse (na tha an sgrìobhadair air a ràdh) ♦ mion-sgrùdadh (an dòigh sa bheil an sgrìobhadair a' dèanamh seo) ♦ luachadh (dè cho math 's a rinn an sgrìobhadair seo)
Pàipear cheistean Litreachas	Tha tagraichean a' sgrìobhadh aiste sa bheil iad a' dèanamh mion-sgrùdadh air an dàn agus a' mìneachadh dè cho soirbheachail 's a tha am bàrd ann a bhith a' toirt air an leughadair beachdachadh air buaidh nan tachartasan air an tughadh cunntas.
Pàipear cheistean Èisteachd	Tha tagraichean ag èisteachd ri clàradh de Mhaoilios Caimbeul ag aithris earrann den dàn, no ri beachdan labhairte an tidsearan no òraidichean air an dàn, agus tha iad a' freagairt cheistean a tha coltach riuthasan a dh'ainmicheadh san earrainn 'Ag ullachadh airson measadh cùrsa'.
Obair shònraichte-sgrìobhadh	Mar phìos sgrìobhaidh breithneachail, dh'fhaodadh tagraichean teacs a neach-naidheachd a sgrìobhadh air a' bhuaidh a bha aig na fuadaichean air Ratharsair agus/no sgìrean eile. Mar phìos sgrìobhaidh cruthachail, dh'fhaodadh tagraichean às-earrann a sgrìobhadh à dealbh-chluiche no sgeulachd ghoirid air a suidheachadh ann an Ratharsair no ann an sgìre thrèigte eile.
Còmhraidh	Tha tagraichean a' beachdachadh air a' bhuaidh a bha aig na fuadaichean air Alba dhùthchail agus air cùisean uachdarachd an fhearainn san fharsaingeachd.

Eisimpleir 2

Prògram chùisean làitheil air BBC Alba

Eileamaid measaidh a' chùrsa	Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg
Pàipear cheistean Leughadh	Tha tagraichean a' freagairt sreath de cheistean a tha gam brosnachadh a bhith a' nochdadh an cuid tuigse, mion-sgrùdadh is luachadh air a' phrògram. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach ag iarraidh orra luachadh a dhèanamh an robh na beachdan ann cothromaichte no claon-bhàidheil. Cuir na ceistean ann an dòigh a bhios a' cuideachadh thagraichean gus diofarachadh a dhèanamh eadar seòrsaichean ceiste: ♦ tuigse (na chaidh a ràdh) ♦ mion-sgrùdadh (an dòigh san deach a ràdh) ♦ luachadh (dè cho math 's a chaidh a ràdh)
Pàipear cheistean Litreachas	Tha e eucoltach gum bi prògram chùisean làitheil neo-fhicseanach a' buntainn ann an dòigh dhìreach don phàipear cheistean seo, ach bhiodh mòran de na sgilean a dh'ainmicheadh gu h-àrd (gu h-àraid mion-sgrùdadh agus luachadh) buntainneach an seo.
Pàipear cheistean Èisteachd	Tha tagraichean ag èisteachd ri aon de na h-agallamhan no fèin-labhairtean sa phrògram agus a' freagairt cheistean coltach riuthasan a dh'ainmicheadh san earrainn 'Ag ullachadh airson measadh cùrsa'.
Obair shònraichte-sgrìobhadh	Mar phìos sgrìobhaidh breithneachail, dh'fhaodadh tagraichean teacsa neach-naidheachd a sgrìobhadh dhaibh fhèin air na cùisean a thogadh sa phrògram. Mar phìos sgrìobhaidh cruthachail, dh'fhaodadh tagraichean dàn, earrann a dealbh-chluiche no sgeulachd ghoirid a sgrìobhadh, a' rannsachadh nan cuspairean a thogadh sa phrògram.
Còmhradh	Tha tagraichean a' beachdachadh air na cuspairean a thogadh sa phrògram.

Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh

Bu chòir do thidsearan is òraidichean cothroman a chomharrachadh air feadh a' chùrsa airson tagraichean a bhith a' leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh.

Bu chòir do thagraichean a bhith mothachail air na sgilean a tha iad a' leasachadh agus faodaidh tidsearan is òraidichean comhairle a thoirt seachad mu chothroman gus an cleachdadh agus an leasachadh.

Chan eil SQA a' dèanamh measadh foirmeil air sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh.

Dh'fhaodadh gum bi cothroman ann cuideachd sgilean a bharrachd a leasachadh a rèir na dòigh-obrach a bhios gach ionad a' cleachdadh gus an cùrsa a lìbhrigeadh. Tha seo airson tidsearan is òraidichean fa leth a riaghladh.

Tha an clàr seo gu h-ìosal a' toirt seachad beagan mholaidhean de chothroman airson barrachd leasachaidh de na sgilean seo sa chùrsa.

Sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh	Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg
1 Litearrachd	1.1 Leughadh Dh'fhaodte seo a leasachadh le gnìomhachdan a tha: ♦ a' gabhail a-steach teacsaichean ficsein agus fiosrachaidh ♦ a' cleachdadh còmhraidh gus tagraichean a chuideachadh a bhith a' dol an sàs ann an teacsaichean agus na beachd-smuainean annta a chomharrachadh Dh'fhaodadh na leanas a bhith am measg nan gnìomhachdan a bheir taic do thagraichean beachdan aithneachadh an lùib theacsan: ♦ a' cur is a' freagairt cheistean ♦ a' dèanamh choslasan agus contrarrachdan ♦ a' seòrsachadh is a' cur an òrdugh ♦ a' dèanamh gearr-chunntas, a' soilleireachadh is ro-innse ♦ a' coileanadh theacsan Gheibh tagraichean buannachd cuideachd à gnìomhachdan a tha a' cur fòcas air an luchd-amais agus adhbhar theacsan.

Sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh	Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg
	1.2 Sgrìobhadh Dh'fhaodte tagraichean a bhrosnachadh an sgrìobhadh a phlanadh le: ♦ a' cruthachadh mhapaichean smuaintean ♦ còmhraidh chomhaoisean far a bheil iad a' beachdachadh air a' ghnè-litreachais, luchd-amais agus adhbhar an sgrìobhaidh aca Gheibh sgrìobhadh nan tagraichean buannachd à: ♦ beachdachadh air structar agus co-dhealbhachd ♦ togail seantansan, le bhith a' ceangal ♦ planadh pharagrafan ♦ cleachdadh sheantansan cuspair agus seantansan co-dhùnaidh ♦ leasachadh briathrachas ♦ leasachadh sgilean teigniceach ann an gràmar, pongachadh is litreachadh ♦ cleachdadh phlanaichean airson sgrìobhadh 1.3 Èisteachd agus còmhraidh Far a bheil e iomchaidh, bu chòir a bhith a' brosnachadh nan tagraichean na sgilean cànan a chleachdadh ann an suidheachaidhean cànan fìor. Sna suidheachaidhean seo, gu h-àraidh ann am beatha is obair, dh'fhaodadh gnìomhachdan mar na leanas a bhith ann: ♦ a' cur is a' freagairt cheistean ♦ ag èisteachd is a' dèanamh choslasan/contrarrachdan ♦ a' dèanamh gearr-chunntas, a' soilleireachadh is a' ro-innse
4 Comas-cosnaidh, iomairt agus saoranachd Am measg nan rudan a tha an lùib saoranachd tha cùram airson na h-àrainneachd is airson dhaoine eile; a bhith mothachail air còraichean is uallachan; a bhith	4.6 Saoranachd Tha tagraichean ag ionnsachadh mu chultar an latha an-diugh agus dualchas cultarail, agus an sgilean Gàidhlig is eòlas a leasachadh tro cho-theacsan litreachais, cànan, mheadhanan agus cultair. Bu chòir don chùrsa tuigse nan tagraichean a leasachadh air cùisean saoranachd a bharrachd air brosnachadh an tuigse de an cultar is coimhearsnachd fhèin.

Sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh	Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg
mothachail air a' cho-chomann dheamocratach; a bhith a' coimhead a-mach a dh'ionnsaigh a' cho-chomainn; a bhith comasach air an dreuchd phearsanta aithneachadh sa cho-theacsa seo; agus a bhith mothachail air cùisean cruinneil, a' tuigsinn an uallachan fhèin am broinn seo, agus gan giùlan gu freagarrach	
5 Sgilean smaoineachaidh	5.3 Cur an gnìomh Is e seo an comas fiosrachadh a th' ann mar-thà a chleachdadh gus fuasgladh fhaighinn air duilgheadas ann an co-theacsa eadar-dhealaichte, agus gnìomh a phlanadh, eagrachadh agus a chrìochnachadh airson na dh'fhaodadh a bhith a dhith ann an suidheachaidhean beatha no obrach. Airson seo a dhèanamh, bu chòir gum bithear a' toirt cothrom do na tagraichean obair air pìosan-obrach cànan a tha ann an ceumannan cùramach agus air an òrdachadh airson leigeil leotha obair leis nas aithne dhaibh agus sin a chur an gnìomh ann an suidheachaidhean eadar-dhealaichte. 5.4 Mion-sgrùdadh agus luachadh Far an gabh seo dèanamh, bu chòir gum bithear a' toirt cothrom do na tagraichean na sgilean seo a leasachadh ann an co-theacsan conaltraidh fìor. Tha raon de sheòrsaichean de theacsan riatanach ann a bhith a' leasachadh, a' mion-sgrùdadh agus ag ath-luachadh sgilean ann an èisteachd is leughadh gus mothachadh nan tagraichean a leasachadh de chùisean mar: ◆ brìgh agus buaidh air luchd-amais ◆ ag eadar-dhealachadh fìrinn agus barail ◆ a' beachdachadh air claonadh, cothromachadh is stèidh-amhairc

Fiosrachadh rianachd

Foillsichte: An t-Ògmhios 2018 (dreach 2.0)

Eachdraidh atharrachaidhean

Dreach	Tuairisgeul air atharrachadh	Deit
2.0	Nòtaichean taice a' chùrsa air an cur ris mar pàipear taic.	An t-Ògmhios 2018

Thoir fa-near: tha comhairle ga thoirt dhut sealltainn ri làrach-lìn SQA gus dèanamh cinnteach gu bheil thu a' cleachdadh an dreach as ùire den sgrìobhainn seo.